

# Iain Peatarsan (1916–1990), Neach-cruinneachaidh Beàrnaraigh na Hearadh

LIAM ALASTAIR CROUSE

## Abstract

*A native of the Isle of Berneray, Ian Paterson (1916-1990) was among Scotland's most prolific voluntary fieldworkers in the latter half of the 20th century, undertaking nearly two decades' worth of folklore collection amounting to several thousand recordings. In addition to important recording work for the School of Scottish Studies in Edinburgh, nearly half of his total output was gathered in his home community of Berneray in the Outer Hebrides.*

*Due to his skill, erudition, community connections, and enduring passion for the Gaelic oral tradition, Berneray enjoys one of the most complete folklore collections in the islands during this period, between 1960 and 1990. The article explores Ian Paterson's life, work, connections, interests, and methodology, making extensive use of his fieldwork recordings from the Isle of Berneray. It will show how he made use of his own family in his collection work and undertook repetitive fieldwork with the same informants to produce a valuable thick corpus from a single geographic community over a generation. It will also consider his legacy within the context of the School of Scottish Studies and shine a fresh light on a productive, if lesser known, folklore collector.*



Iain Peatarsan, 1981. Le cead bho Sgoil Eolas na h-Alba.

Bheir an aiste seo sùil air an obair-chruinneachaidh a rinn Iain Peatarsan (1916–1990), Iain Fhionnlaigh, ann am Beàrnaraigh na Hearadh eadar 1965 agus 1982. Bha Iain Peatarsan am measg an luchd-cruinneachaidh a bu tharbhàiche a chuir ri Tasglann Sgoil Eòlais na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. A dh'aindeoin sin, 's e glè bheag de dh'obair sgoilearachd a rinn measadh air an dìleab aige gu ruige seo. 'S e amas na h-aiste seo bun-stèidh a thairgsinn mu shaothair Iain Fhionnlaigh ann am Beàrnaraigh.

Bu Bheàrndrach gu chùl e agus bha an dualchas, an t-eòlas, agus an càirdeas ud aig cridhe na h-obrach-cruinneachaidh aige ann an eilean a dhùthchais. Nì an aiste seo geàrr-chunntas air sinnsearachd nam Peatarsanach anns an eilean, gus Iain a shuidheachadh ann an co-theacsa a chàirdean agus a choimhearsnachd fhèin. Ann am mineachadh eachdraidh a bheatha fhèin, bithear a' leudachadh air na tùsan foillsichte mu bheatha le bhith a' toirt sùil air cuid de na sgrìobhaidhean aige fhèin. Cuiridh seo ris an eòlas a th' againn air an ùine mus deach fhasadh aig Sgoil Eòlas na h-Alba ann an Oilthigh Dhùn Èideann ann an 1966.

Ged a b' ann bho obair thar-sgrìobhaidh a rinn e a chosnadh, dh'fhalbhadh Iain Fhionnlaigh air iomadh saor-latha clàraidh, mar a ghabhte orra, air ais a Bheàrnaraigh thar faisg air fichead bliadhna, a' càrnadh ultach mòr de chlàraidhean. Thèid coimhead ris na modhan-obrach a bh' aige an cois

cruinneachadh beul-aithris agus breithnichear air mar a bha comhairle sgoilearan na Sgoil' Eòlais leithid Dhòmhnaill Eairdsidh Dhòmhnaill a' toirt buaidh air. Coimheadar air cuid de na dàimhean a bh' ann eadar e fhèin agus a chuid fhiosraichean, a' bhana-sheanchaidh agus a' bhana-bhàrd Ceit Dix (1890–1981) nam measg. Chithear mar a dh'fhàs dlùth-chàirdeas eadar Iain agus Ceit agus mar a chaidh sin a riochdachadh ann am bàrdachd agus rannan aotrom, a' toirt sealladh àraid air an dàimh eadar neach-clàraidh agus fiosraiche air taobh a-staigh an dualchais. Bheirear sùil cuideachd air an àite a bh' aig peathraichean Iain, Beasag agus Catriona, anns an obair-chruinneachaidh agus mar a bha iad ga chuideachadh mar luchd-cruinneachaidh sealadach.

### Eachdraidh nam Peatarsanach

Bha tomhais de dh'inbhe aig na Peatarsanaich, an sliochd dham buineadh Iain, ann an Eilean Bheàrnaraigh. Bha e ri ràdh gun tàinig a' chiad Pheatarsanach, fear dom b' ainm Tormod mac Shomhairle, às an Eilean Dubh mar fhear-teagasg do chloinn Shir Thormoid MhicLeòid Bheàrnaraigh (1614–1705) às dèidh Bhlàr Worcester ann an 1651.<sup>1</sup> Bha foghlam mar sin anns an fhuil aca, agus bha càirdeas aig an teaghlach ri Iain Moireastan, Gobha na Hearadh (1796–1852).

Dh'fhulaing na Peatarsanaich, coltach ris na h-uimhir eile, ri linn suidheachadh agus ath-shuidheachadh nan tuathanasan Beàrndrach tro mheadhan an 19mh linn. Chaidh sìn-s[h]eanair Iain, Iain Peatarsan (1786–1866), a chur far an fhearainn ann an Ruisigearraidh ann an 1854 agus chaidh a shuidheachadh mar choitear anns a' Bhaile, far an do ghabh e ri obair an aisig ann an Caolas na Hearadh anns a' pheàirdse aige, *An Curaidh*. Bha peàirdseachan nam bàtaichean-sheòl leathann, gun druim domhainn annta, air an togail anns an eilean airson luchdan carago a ghiùlan eadar na h-eileanan. Am measg a' charago a dh'aisigeadh e, bha uisge-beatha Pabach, agus b' ann eadar Iain agus muinntir Phabaigh a bha an còrdadh gun leagadh seòl a' pheàirdse nuair a bha gàidsear air bòrd a' tighinn air tòir briuthas ainmeil an eilein – eachdraidh a chluinnear fhathast ann am beul-aithris an latha an-diugh.<sup>2</sup> Tha aithne air Bàgh na Curaidh agus Port Curaidh Mhic Shomhairle, far an robh am bàta-aisig ga chumail air acair.<sup>3</sup>

Phòs Iain Peatarsan (1786–1866) dà thuras. B' e Seònaid Ros (1790–1838) a' chiad bhean aige agus bha ceathrar chloinne aca. Bha an dithist ghilleann, Gilleasbuig agus Tormod, aithnichte mar mharaichean. B' e Gilleasbuig Peatarsan (1821–1895), am mac a bu shine aig Iain agus Seònaid, a bha na chaipitean air an iacht-seòlaidh *Golden Eagle*, aon 150 troigh a dh'fhaid agus 445 tunna, am bàta aig Sir Eideard Scott, bancair, uachdaran Oighreachd Ceann a Tuath na Hearadh, agus fear-iacht ainmeil. Eadar-dhà-sgeul, bha an iacht *Golden Eagle* na cuspair rannan ann am Beàrnaraigh agus tha co-dhiù òran agus rann againn a rinn am bàrd Calum MacAsgaill (1825–1903), Calum mac Iain 'ic Phàndruig aig an robh càirdeas ris na Peatarsanaich,<sup>4</sup> agus pìos bàrdachd eile às na Hearadh.<sup>5</sup>

An dèidh bàs Seònaid, phòs Iain Màiri NicPhàic (1800–1848); bha triùir chloinne aca. Chaochail Màiri nuair a bha a' chlann fhathast beag agus thogadh a' chlann le piuthar am màthar, Anna NicPhàic (1797–1878) agus an duine aice, Dòmhnall MacFhionghain (1805–1886), aig nach robh clann. Ri ùine, bheireadh gach aonan den triùir chloinne Canada orra, le taic bhon Bhaintighearna Dunmore a bha a' brosnachadh eilthireachd.

<sup>1</sup> Iain Peatarson, 'Peatarsonaich Bhearnaraidh', *An Gàidheal* lii (Dàmhair, 1957): 98. Alick Morrison, 'The Grianam case, 1734–1781, the kelp industry, and the Clearances in Harris, 1811–1854', *Transactions of the Gaelic Society of Inverness*, lii (1980–82): 85.

<sup>2</sup> Alick Morrison, 'The Grianam case', 85.

<sup>3</sup> Donald MacKillop, 'The place names of Berneray: A manuscript by Mr John Ferguson, Berneray', *Transactions of the Gaelic Society of Inverness*, liii (1982–84): 135.

<sup>4</sup> Angus MacLeod (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1968.181.A14 agus SA1970.292.B8, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. [www.tobarandualchais.co.uk/track/130024](http://www.tobarandualchais.co.uk/track/130024) agus [www.tobarandualchais.co.uk/track/35029](http://www.tobarandualchais.co.uk/track/35029). Duncan MacLeod (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1971.274.B7, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, [www.tobarandualchais.co.uk/track/48795](http://www.tobarandualchais.co.uk/track/48795).

<sup>5</sup> Angus MacLeod (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1970.292.B9, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, [www.tobarandualchais.co.uk/track/35059](http://www.tobarandualchais.co.uk/track/35059).

Bha Aonghas Peatarsan (1844–1925), am pàiste a b' òige aig Iain agus Màiri – seanair Iain Peatarsan am fear-cruinneachaidh – na dhuine cliobhar dìcheallach.<sup>6</sup> Dh'ionnsaich Aonghas ceàrd na saoirsneachd ann an sgoil-oidhche thall ann an Canada mus do thill e a Bheàrnaraigh air làithean-saora ann an 1870. Dh'fhuirich e a-bhos air sgàth na tè a phòsadh e, Catrìona NicCumhais (1846–1925). Bha an dithist a' fuireach còmhla ri piuthar màthair Aonghas, Anna agus Dòmhnall MacFhionghain, ann an Rubha na Geodha Duibhe (8 Rubha Mòr),<sup>7</sup> far an robh Aonghas ris a' mharsantachd, a' reic a' chlà a dhèanadh a bhean, cuide ri biadh agus bathar bhon bhùth a bha an cois an taighe.

Bha deichnear chloinne aig Aonghas agus Catrìona, agus iad uile a' fuireach fo chabar an t-seana taigh-tughaidh air an rubha. Den chloinn aig Aonghas agus Catrìona, bha Aonghas 'Beag' Peatarsan (1874–1930), am mac a bu shine, na ghrèidhear; Fionnlagh Peatarsan (1876–1953), an dàrna mac a bu shine agus athair Iain againne (faic gu h-ìseal); agus Tormod Peatarsan (1889–1967), na mharsanta, aig an robh a' chiad chàr agus a' chiad tractar anns an eilean. Bha Màiri Anna Pheatarsan (1879–1955) pòsta aig Ruairidh Peatarsan (1867–1944), oifigear na cusbainn air feadh na Gàidhealtachd.<sup>8</sup>

Nuair a dh'fhosgladh Borgh ann an 1900, an dèidh aimhreit an fhearainn,<sup>9</sup> fhuair Aonghas Peatarsan dà chroit, 20/21 Borgh, ann an Rubha an Aoil. B' e a b' adhbhar gun d' fhuair e na dhà seach an t-aon, mar a fhuair càch, gun robh e a' comhairleachadh a' mhaoir, Thomas Wilson, a bha a' roinn a-mach an fhearainn, a thaobh cò a b' fheàrr a chumadh suas na croitean.<sup>10</sup> Dh'aontaich an dithist gun rachadh Aonghas an urras air na Borghaich eile, a dhèanamh cinnteach nach biodh iad deireannach a' pàigheadh am màil.<sup>11</sup> Ghluais teaghlach Aonghas gu Rubha an Aoil ann am Borgh, a' fàgail an taighe agus na bùtha aig Rubha na Geodha Duibhe aig Fionnlagh.

Tha cunntas prìseil againn air an t-seòrsa taigh a bha aig na Peatarsanaich ann an Rubha an Aoil anns an fhèin-eachdraidh a sgrìobh Aonghas Caimbeul, Am Puilean. Bha e a' loidseadh còmhla ris na Peatarsanaich anns na bliadhnaichean an dèidh a' Chogaidh Mhòir.

Chaith mi an geamhradh agus greis de'n earrach mu dheireadh am Beàrnaraidh air mhuinntireas aig teaghlach Aonghas Paterson, Rubha an Aoil. Cha robh leth-brath, tàir no eadar-sgaradh air bith — a bha cho bitheanta eadar maighstir is seirbheiseach aig an àm ud air a chleachdadh san teaghlach seo. Bha mi mar aon dhiu fhéin. Bha iad na bu shaoibhir na an cumantas, le bùth agus stoc mhór ainmhidhean. 'Se daoine suilbhir, ceanail agus conaltrach a bha annta, agus b'ainneamh uair nach biodh fealla-dhà is lethbhreith éibhinn 'ga dhèanamh air cuideigin 'nar measg fhéin. Bha fear de na mic, Aonghas, a bha cho cuilbheartach gu ball-magaidh a dhèanamh dhinn agus gum feumainn fhéin agus an t-searbhannt nighinn a bhi air dheagh fhaire uaithe. Bha an dachaidh 'na thaigh-céilidh agus bu mhór na cinn-còmhraidh agus connspaid ris na dh'éisd mi ann.<sup>12</sup>

Rinneadh dealbh de dh'fhàrdaich bhlàth fhuranaich anns an robh fearas-chuideachd agus deagh-ghean. Ge mhòr an cuid maoin, tha e coltach nach robh iad gan cumail fhèin air leth bho shluagh an eilein agus gun robh e na chleachdadh aig daoine tadhal a-steach air chèilidh, 's dòcha air an rathad dhan bhùthaidh. Dh'fhàg siud gun robh taigh nam Peatarsanach na mheadhan air beatha na coimhearsnachd Bheàrndrach.

<sup>6</sup> Bessie Paterson, Catriona Paterson, Morag MacLean (fiosraichean), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1973.123.A15 & B1, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, [www.tobarandualchais.co.uk/track/46678](http://www.tobarandualchais.co.uk/track/46678).

<sup>7</sup> Bill Lawson, *Croft History: Isle of Berneray, Volume 2* (Northton, Harris: Bill Lawson Publications, 2005), 146.

<sup>8</sup> Alick Morrison, deas., *Òrain Chaluim: Being the Poems of Malcolm Macaskill, Bard of Berneray*, Harris (Glasgow: Alexander Maclaren and Sons, 1960), 22.

<sup>9</sup> Airson gearr-chunntas mun aimhreit, faic Morrison, *Òrain Chaluim*, 12–13.

<sup>10</sup> Christina Paterson (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1968.178.A7-A9, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, [www.tobarandualchais.co.uk/track/50054](http://www.tobarandualchais.co.uk/track/50054).

<sup>11</sup> Bessie Paterson, Catriona Paterson, Morag MacLean (fiosraichean), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1973.123.B10, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, [www.tobarandualchais.co.uk/track/44906](http://www.tobarandualchais.co.uk/track/44906).

<sup>12</sup> Aonghas Caimbeul, *A' Suathadh ri Iomadh Rubha: Eachraidh a Bheatha* (Glaschu: Gairm, 1973), 160.

Bha inbhe agus cliù aig an teaghlach, agus chaidh sin a leasachadh leis an ath ghinealach. Chothlamaich Fionnlagh, athair Iain, an dà dhreuchd a bh' aig 'athair agus a sheanair, a' mharsantachd agus an obair-aiseig. Bha taigh agus bùth anns a' Gheodha Dhubh, agus gheibheadh daoine an t-aiseag an sin cho math. A thuilleadh air na h-obraichean sin bha e cuideachd na mhaor-sithe (JP) agus na chlàradair ann am Beàrnaraigh eadar 1903 agus 1952.<sup>13</sup>

B' e duine adhartach a bh' ann am Fionnlagh ann an linn far an robh teicneòlas a' sìor-leasachadh. Thug Fionnlagh na chiad einnseanan-mara dhan eilean. Ann an 1921 cheannaich e am bàta *Kelvin* às a' Chaol Aillseach, a' chiad bhàta anns an robh motar ann an uisgeachan an eilein, airson a chleachdadh mar bhàta-aiseig. Abair annas a bha sa bhàta nuair a nochd i ris an t-sluagh fo cumhachd fhèin, gun seòl no crann, gun fhios aig daoine mar a bha einnseanan-mara ag obrachadh.<sup>14</sup> Chaidh òran a dhèanamh leis a' bhàrd Bheàrnach Eachann MacFhionghain (1886–1954) a' moladh cho goireasach agus a bha am bàta nach gèilleadh ri droch shìde.<sup>15</sup> Chan e a-mhàin gum bu leis na chiad dhà bhàta motaraichte, *Kelvin* agus *Cabar Feidh*, ach gun robh e a' toirt einnseanan-mara eile a-steach a reic ri iasgairean Bheàrnaraigh gus an cabhlach iasgaich a mhotarachadh tro na 1920an.<sup>16</sup> Bha e na àidseant-ionaid aig a' chompanaidh Bergius ann an Glaschu a bha a' togail nan einnseanan Kelvin, rud a bha a' ciallachadh gun robh e an urra ri ceannachd, ri reic, agus ri càradh nan einnseanan ann am Beàrnaraigh aig àm nuair nach robh na h-iasgairean eòlach air a' ghnothach.<sup>17</sup> Dòrlach bhliadhnaichean an dèidh dhan *Kelvin* thighinn, cheannaich Fionnlagh càr trì-cuibhleach Morgan ann an 1928 airson a chleachdadh ann an libhrigeadh min-fhlùir agus gràn timcheall an eilein.<sup>18</sup> Chithear an càr sin ga thasgadh ann am Museum nan Eilean ann an Steòrnabhagh, air iasad bho Thaigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba.

Phòs Fionnlagh Catrìona NicCumhais (1884–1968), nighean coitear-iasgair an Cùl na Beinne, ann an 1907. Bha sianar chloinne aig Fionnlagh agus Catrìona: Christina (1908–1999), Seonaidh Angus (1909–1968), Beasag (1912–1994), Iain (1916–1990), Catrìona (1919–1984), agus Ruairidh (1922–1983). Leanadh a' chlann ri obair athar. Ghabh Christina, an nighean bu shine, dreuchd Fhionnlaigh mar chlàradair os làimhe ann an 1952, gus an deach uallach na h-obrach-clàraidh a stèidheachadh a Loch nam Madadh ann an 1965. Fhuair Seonaidh Angus, am mac a bu shine, bàta-aiseig athar agus bha corra bàta eile aige tro na bliadhnaichean, mar an *Dunbeath Castle*. Bha e cuideachd aithnichte mar phaidhleat geòla na iacht rìoghail *Britannia* ann an 1960, euchd a chaidh a mholadh ann an òran le Ceit Dix.<sup>19</sup> Bha Beasag na banaltram 's na neach-bùtha, agus bha i ag obair ann an taigh nam fònaichean; chaidh duais BEM a bhuileachadh oirre ann an 1970 air shàilleabh obair nam fònaichean.<sup>20</sup>

Tha an eachdraidh seo na dearbhadh air inbhe an teaghlaich anns an eilean aig toiseach an 20mh linn agus tha i a' toirt dealbh dhuinn air an t-saoghal anns an do rugadh agus thogadh Iain Fhionnlaigh.

<sup>13</sup> 'Finlay Paterson', Hebridean Connections, <https://hebrideanconnections.com/record/people/76997/>.

<sup>14</sup> Christina Paterson (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1968.178.B8, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, [www.tobarandualchais.co.uk/track/50062](http://www.tobarandualchais.co.uk/track/50062).

<sup>15</sup> Eachann MacFhionghain, *Òrain Eachainn MhicFhionghain – Bàrd Bheàrnaraigh* (Steòrnabhagh: Acair, 2013), 73; Margaret MacLeod (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1968.188.A2, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, [www.tobarandualchais.co.uk/track/48143](http://www.tobarandualchais.co.uk/track/48143); Duncan MacKinnon (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1968.182, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, [www.tobarandualchais.co.uk/track/130055](http://www.tobarandualchais.co.uk/track/130055).

<sup>16</sup> Flora MacCuish (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1969.135.B7, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, [www.tobarandualchais.co.uk/track/53085](http://www.tobarandualchais.co.uk/track/53085).

<sup>17</sup> Angus MacKillop (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1970.294.B10, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, [www.tobarandualchais.co.uk/track/60236](http://www.tobarandualchais.co.uk/track/60236).

<sup>18</sup> Comunn Eachdraidh Bheàrnaraigh, *Beàrnaraigh tro na Linntean* (Beàrnaraigh: Comunn Eachdraidh Bheàrnaraigh, 2015), 11.

<sup>19</sup> Catherine Dix (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1968.183.A9, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, [www.tobarandualchais.co.uk/track/44772](http://www.tobarandualchais.co.uk/track/44772); Alison Dix, deas., *Ceit an Tàilleir à Beàrnaraigh: Eachdraidh Beatha agus Taghadh de Stòiridhean is Rannan* (Inbhir Nis: CLÀR, 2019), 38–9.

<sup>20</sup> 'Beasag Paterson', Tobar an Dualchais, <https://www.tobarandualchais.co.uk/person/5790>.

Bu dual dhaibh foghlam agus bha iad dicheallach a bhith a' leasachadh a' chrannchuir aca fhèin. Bu mhòr cliù nam Peatarsanach anns an eilean far an robh iad an urra ri iomadh gnothach eadar a' mharsantachd, còmhaidh, agus rianadh gnothaichean na coimhearsnachd. Bha iad air am meas le maor an eilein mar theaghlach earbsach stèidheil aig an robh tuigse air ionmhas agus fiach sa choimhearsnachd. Bha iad air thoiseach air leasachaidhean teicneòlais san eilean, gach cuid air muir agus air tìr. Mar sin dheth, faodaidh sinn beachdachadh air na Peatarsanaich mar theaghlach a bha mar gum biodh suidhichte air stairsnich an eilein, a' gabhail ealla air na thigeadh dhan choimhearsnachd, agus air na dh'fhalbhadh aiste.

Tha an suidheachadh teaghlaich dha-rìreabh cudromach ann an tuigsinn saoghal Iain Pheatarsain leis cho bunaiteach agus a bha iad anns an obair aige agus mar a bhiodh e a' cur na lionra càirdeil gu feum, mar a chnuasaichear nas fhaide air adhart. Tha e cuideachd a' toirt dhuinn uinneag air mar a bha a' choimhearsnachd fhèin a' faicinn Iain Pheatarsain, am Beàrndrach agus an neach-cruinneachaidh, nuair a thigeadh e thuca a dh'iarraidh seachas no òran. B' fhiar a ràdh gum biodh na feartan teaghlaich na bu bhrìghmhor airson neach-cruinneachaidh dhe leithid a bha ri obair-chlàraidh anns a' choimhearsnachd dhùthchasaich aige fhèin. Agus, 's dòcha nas cudromaiche buileach, breithnichear nas fhaide air adhart mar a b' iad, an teaghlach aige fhèin, am measg a' phrìomh luchd-fiosrachaidh agus luchd-cuideachaidh aige. On a tha mi air tuairisgeul a thoirt air na daoine on tàinig e, bheirear sùil a-nis air eachdraidh-bheatha Iain Fhionnlaigh fhèin a dh'fhaicinn mar a fhuair e an dà chuid ùghdarras agus eòlas anns na cuspairean a chruinnicheadh e.

### Eachdraidh-beatha

Rugadh Iain Peatarsan, Iain Fhionnlaigh Aonghais 'ic Iain 'ic Shomhairle 'ic Thormoid 'ic Shomhairle 'ic Alasdair 'ic Thormoid, ann am Beàrnaraigh na Hearadh air 16 Faoilleach 1916, an teis-meadhan a' Chogaidh Mhòir.<sup>21</sup>

Fhuair Iain deagh sgoil, a' tòiseachadh ann am Bun-sgoil Bheàrnaraigh ann an 1921 agus an uair sin ann an Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis.<sup>22</sup> Cheumnaich e o Oilthigh Ghlaschu agus Colaiste Cnoc Iòrdain far an robh e a' trèanadh gu bhith na thidsear.

Air taobh a-muigh obair na sgoile, bha ùidh mhòr aig Iain ann an dualchas nan Gàidheal agus ann an sgrìobhadh bho aois òig. Tha e coltach gum b' e 'Ciad Shealg Ruairidh' a' chiad phìos bàrdachd a rinn e, uaireigin anns na bliadhnaichean ron Dàrna Chogadh.<sup>23</sup> Tha an t-òran a' moladh ciad turas-seilge a bhràthar Ruairidh an tòir air sgairbh. Anns a' phìos, tha e a' toirt dealbh air clann òg a' falbh timcheall nan eileanan agus na sgeirean beaga a ghlacadh biadh airson lòn dhan teaghlach. Tha am pìos cuideachd a' toirt dhuinn sealladh air pearsantachd Iain aig aois òig, agus e gu gràdhach a' brosnachadh agus a' misneachadh a' bhràthar òig ann an coileanadh ciad euchdan na fearalachd le bhith gu mholadh ann an dàn dham bu shamhail òran-molaidh ceann-cinnidh.

Thòisich an Dàrna Cogadh goirid an dèidh dha Iain ceumnachadh on cholaiste agus bha e anns a' Chabhlach Rìoghail eadar 1940 agus 1946.<sup>24</sup> Bha e air bòrd na luing-chogaidh HMS *Prince of Wales* a dh'fhalbh gu cobhair Singapore nuair a chaidh a chur fodha ann an ionnsaigh le feachdan Ìmpireachd Iapàin, dà latha an dèidh forbhas Pearl Harbour. Bha Iain greis san uisge ach mar a rinn an t-Àgh fhuair e a theasraiginn le bàta Breatannach. Thill e gu cogadh na h-Eòrpa agus bha e an làthair nuair a thàinig Feachdan nan Caidreabhach air tìr ann an Salerno agus Anzio san Eadailt.

Rinn e am pìos bàrdachd 'An Tighinn Dhachaigh' nuair a leigeadh ma sgaoil às an nèibhidh e ann an 1946.<sup>25</sup> Bha e a' cuimhneachadh orra nach do thàrr às a' chogadh agus nach d' fhuair cothrom a bhith cruinn còmhla rin teaghlaichean tuilleadh, mar a shealbhaich dhàsan. Tha e coltach nach

<sup>21</sup> Ronald Black, deas., *An Tuil* (Dùn Èideann: Polygon, 2002), 777.

<sup>22</sup> 'Ian Paterson', Hebridean Connections, <https://hebrideanconnections.com/record/people/105734/>.

<sup>23</sup> Ian Paterson (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1969.198, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, [www.tobarandualchais.co.uk/track/103927](http://www.tobarandualchais.co.uk/track/103927).

<sup>24</sup> Black, *An Tuil*, 777.

<sup>25</sup> Paterson, SA1969.198.

bruidhneadh e mòran mu na dh'fhiosraich e anns a' chogadh agus, mar sin, 's dòcha gum biodh e fìor a ràdh gun robh nàdar de chiont air gun do mhair esan beò, no gun do sheachain e campaichean nan Iapanach an dèidh creachadh Singapore, eu-coltach ri mòran de 'chompanaich eile.

An dèidh a' chogaidh, thòisich e air a dhreuchd mar thidsear bun-sgoil ann am Fìobha, agus bha e ri teagasg eadar 1947 agus 1966, 's e mu dheireadh na mhaighstir-sgoile ann an Coaltown of Balgonie, Fìobha.<sup>26</sup> Chan eil iongnadh gun toireadh eòlas mar mhaighstir-sgoile dha ùghdarras, ceannas, agus giùlan a bhiodh nam buannachd mar neach-clàraidh.

Leudaich 'ùidh ann an litreachas nan Gàidheal, an dà chuid sgrìobhte agus beul-aithriseach, bho na 1950an a-mach. B' e a' chiad fhoillseachadh aige breacadh Beàrndrach den sgeulachd thradiseanta 'Gìgean agus Guaigean', a chuir e dhan *Ghàidheal*, iris mhìosail a' Chomuinn Ghàidhealaich, ann an 1952. B' ann aig bana-Pheatarsanach a fhuair e am breacadh, Ceit nighean Thormoid Òig (1857–1941),<sup>27</sup> a bha sna h-oghaichean le a sheanar. Leis gun robh Ceit Pheatarsan air siubhal còrr is deich bliadhna ron fhoillseachadh, chan eil e soilleir an robh làmh-sgrìobhainn aig Iain air neo, nas coltaiche, gun robh an sgeulachd air chuimhne aige an dèidh dha a cluinntinn na chnapach. A thuilleadh air an sgeulachd fhèin, thug Iain mìneachadh air a' chàirdeas a bh' eadar e fhèin agus Ceit, cuide ri tuairisgeul ghoirid air sinnsearachd nam Peatarsanach ann am Beàrnaraigh. Tha e follaiseach, mar sin, gun robh ùidh aig Iain ann an cruinneachadh seanchais fada mun do thòisich e aig an Sgoil Eòlais agus gun robh nàdar de thuigse aige air modhan-obrach cruinneachadh na beul-aithris aig an àm, far an robh an tùs a cheart cho cudromach ris an teacsa. Chithear cuideachd bunaitean a' mhodh-obrach aige fhèin ga chur sìos san dòigh san robh fiosraichean boireann ris an robh e càirdeach fo ùidh aige. Bha cuideachd an t-eòlas a thog e na òige ga fhàgail comasach air measaidhean breithneachail a dhèanamh air seachas nan Gàidheal.

Thòisich e mun àm seo a bhith a' toirt a chuid sgrìobhaidh fhèin gu aire luchd-èisteachd na b' fharsaing. Chaidh an iris litreachail *Gairm* a chur air bhonn ann an 1952, agus eadar 1953 agus 1961, dh'fhoillsich i dusan pìos. Nam measg bha bàrdachd, dà sgeulachd ghoirid, gnàthasan-cainnt Beàrndrach, agus measadh aithghearr air dualchainnt ann an sgeulachd Bheàrndrach a nochd ann am *Popular Tales of the West Highlands*, 'Cailleach na Ribeig'.<sup>28</sup> B' e bàrdachd a bu mhotha a bha e ris agus a thuilleadh air an iris, bhiodh e a' cur phìosan gu farpaisean bàrdachd a' Chomuinn Ghàidhealaich. Mar eisimpleir, choisinn 'Taisdeal an Tìr na h-Aigne' an dàrna duais aig Mòd Baile Pheairt ann an 1954.<sup>29</sup>

Tha an sgrìobhadh a' toirt cunntas air 'ùidh ann am beul-aithris nan Gàidheal, agus 's dòcha fiù 's gun robh e a' falbh timcheall Bheàrnaraigh a chruinneachadh mus do thòisich e aig Sgoil Eòlais na h-Alba ann an 1966. Tha an sgeulachd ghoirid *Inneal a' Mhì-sheilbh*,<sup>30</sup> a nochd ann an *Gairm* ann an 1957, mu dheidhinn turas-clàraidh (mas fhìor?) gu sgeulaiche a chruinneachadh seann beul-aithris. Tha annas na sgeòil an crochadh air iomagain an sgeulaiche ron fòn – inneal a' mhì-sheilbh a bha air ùr-thighinn dhan taigh – on a thachair rosad ana-ghnàthaiche taibhsearachd leis an fhòn na bu thràithe. Ged a dh'fhaodadh gur e obair ficsein tha san sgeulachd air fad, tha i a' dearbhadh gun robh cruinneachadh beul-aithris air aire Iain Fhionnlaigh grunn bhliadhnaichean mus robh e ris an leithid an lùib na Sgoil' Eòlais (faic gu h-ìseal). Tha e cuideachd a' toirt beachd air tighinn an teicneòlais ùir seo dha na h-eileanan agus mar a dh'fhaodadh 'ràn oillteil an fhòn' bristeadh a-steach air innse seanchais – rud a thachradh tric gu leòr do dh'Iain tro na bliadhnaichean!

Bha Iain Fhionnlaigh ag obair do Sgoil Eòlais na h-Alba eadar 1966 agus 1984, ùine air an toir mi sùil gu h-ìseal. Bha e am measg an luchd-cruinneachaidh a bu tharbhaiche aig an Sgoil, a' fàgail

<sup>26</sup> Black, *An Tuil*, 777.

<sup>27</sup> 'Catherine Paterson', Hebridean Connections, <https://hebrideanconnections.com/record/people/74198/>.

<sup>28</sup> Dr Tòmas MacAilpein agus Prof. Roibeard Ó Maolalàigh, *Gairm: Ùghdar is Dealbh, Rosg is Rann 1952–2002* (Glaschu: DASG, 2021), 658–9.

<sup>29</sup> Ian Paterson (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1969.198, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, [www.tobarandualchais.co.uk/track/103926](http://www.tobarandualchais.co.uk/track/103926).

<sup>30</sup> Iain Peatarsan, 'Inneal a' Mhì-Sheilbh', *Gairm* 19 (Earrach, 1957): 213–17.

a làraich fhèin air dìleab na Sgoile. Leigeadh e seachad an obair-chlàraidh ann an 1982, mus do leig e dheth a dhreuchd mar òraidiche aig an Sgoil Eòlais ann an 1984, an dearbh bhliadhna san do chaochail a phiuthar ghràdhach Catriona. Bhàsaich Iain na bhantrach ann an 1990 agus chaidh a thìodhlacadh ann am Beàrnaraigh.

### Sgoil Eòlas na h-Alba

Stèidhicheadh Sgoil Eòlas na h-Alba ann an 1951 ann an Oilthigh Dhùn Èideann airson cruinneachadh, glèidheadh, agus cur air adhart dualchas agus beul-aithris na h-Alba ann an suidheachadh oilthigheach.<sup>31</sup> Aig an dearbh àm agus a bha ùidh Iain Fhionnlaigh ann am beul-aithris nan Gàidheal ga daingneachadh, bha luchd-obrach na Sgoil' Eòlais nan drip a' trusadh seanchas agus eachdraidh-bheòil air feadh na h-Alba an cois sluagh dùthchasach a bha an imis a dhol à bith.<sup>32</sup> Air a' chiad ghreis, b' e cruinneachadh seach mìneachadh a bha fa-near do luchd-obrach na Sgoile.<sup>33</sup> B' e a' bhuil a bh' ann, an dèidh nan chiad deich bliadhna no mar sin, gun robh na teipichean-raoin – a bha a-nis air an glèidheadh – a' sìor-chàrnadh anns an tasglann ùr ann an Taigh Minto agus Ceàrnag Sheòrais na dhèidh, agus gun robh feum air tar-sgrìobhaichean.<sup>34</sup> B' iad oileanaich a bha an urra ris an obair an toiseach gus an deach tar-sgrìobhaichean fhasadh. Thòisich Mòrag NicLeòid ris an obair ann an 1962, a' tilleadh an dèidh greis foghlaim ann an 1964 mar thar-sgrìobhaiche ciùil.<sup>35</sup>

Dh'fhàg Iain Peatarsan a dhreuchd teagaisg ann an 1966, aig aois 50, agus ghabh e os làimh obair a' tar-sgrìobhadh theipeachan Gàidhlig ann an Tasglann na Sgoil' Eòlais. Carson a dh'fhàg e dreuchd inbheach a' mhaighstir-sgoile 's gun e ach òg? Bha e fìor gun leigeadh an obair ùr leis na sgilean, eòlas, agus dealas aige mu dhualchas na Gàidhlig a chur gu feum na dhreuchd. Fhreagradh obair na tasglainn air cuideachd, chan e a-mhàin air sàilleabh a chuid chomasan, ach cuideachd a thaobh a nàdair. Ged a bha e dòigheil, bha e diùid.<sup>36</sup>

Ged a tha an aiste seo a-mach air obair-chlàraidh Iain ann am Beàrnaraigh na Hearadh, feumar cuimhneachadh nach b' e siud a' phrìomh obair aige. Rinn e iomadh tar-sgrìobhadh feumail, cuid dhiubh a nochdadh ri ùine anns an *Tocher*, iris na Sgoil' Eòlais, bho 1971 air adhart. Thug an Dr Iain MacAonghuis tuairisgeul air nàdar na h-obrach tar-sgrìobhaidh:

Once collected, the material had to be transcribed, and music and text transcribers were appointed. Transcription of tapes was actually begun at a very early stage, by students employed during vacation, before the School moved from Minto House in Chambers Street to George Square. Field recordings were often made under difficult conditions, and extraneous noises on the tape can present a formidable challenge to the transcriber, particularly when the recording machines used were very much less sophisticated than present-day equipment. Even today, textual transcription can be very exacting, and all transcripts require to be checked with care. That said, the many volumes of transcripts, a labour of years, are a most helpful guide to the contents of the tape record.<sup>37</sup>

<sup>31</sup> Margaret MacKay, 'The First Sixty Years of the School of Scottish Studies: An Overview', ann an *The Carrying Stream Flows On: Celebrating the Diamond Jubilee of the School of Scottish Studies*, deas. Bob Chambers (Cearsiadar, Eilean Leòdhais: Islands Book Trust, 2013), 1–33.

<sup>32</sup> John MacInnes, 'Reminiscences of the School of Scottish Studies of the University of Edinburgh', ann an '*A Guid Hairst': Collecting and Archiving Scottish Tradition*', deas. Katherine Campbell, William Lamb, Neill Martin agus Gary West (Maastricht: Shaker Verlag, 2013), 232.

<sup>33</sup> Ruairidh MacThòmais, 'Co-Chruinneachadh Luchd Bial-Aithris an Steornabhagh', *Gairm* 6 (Geamhradh, 1953): 158.

<sup>34</sup> MacInnes, 'Reminiscences', 233.

<sup>35</sup> Mòrag MacLeod, 'Tocher at 50: Morag MacLeod and Tocher', The School of Scottish Studies Archives and Library (blog), <https://libraryblogs.is.ed.ac.uk/sssa/tocher-50-morag/>.

<sup>36</sup> Black, *An Tuil*, 777.

<sup>37</sup> MacInnes, 'Reminiscences', 233–4.

Thòisich Iain na thar-sgrìobhaiche aig àm nuair a bha an Sgoil ag atharrachadh. Ged a chaidh a stèidheachadh an toiseach mar roinn rannsachaidh a chruinnicheadh agus a sgrùdadh beul-aithris air a toirt às obair-raoin, bha dleasan an ùra an teagaisg air thighinn agus an Sgoil Eòlais air a dhol fo sgèith Roinn nan Ealain. Ged a bha obair-chlàraidh fhathast a' tachairt, b' ann aig ìre na bu thana a bha i.<sup>38</sup>

Bha e na chleachdadh aig Sgoil Eòlas na h-Alba a bhith a' brosnachadh luchd-obrach, a bh' air am fastadh mar thar-sgrìobhaichean no rianadairean, gu bhith ri clàradh na beul-aithrise iad fhèin.<sup>39</sup> 'S fhiach cuimhneachadh ge-tà gur ann mar shaor-thoilich a bha an obair seo air a gabhail os làimh leis an luchd-obrach neo-acadamaigeach.<sup>40</sup> Bha strì fhada air a bhith ann eadar an t-Oilthigh agus an Sgoil mun fheum a bh' ann an obair-raoin dha leithid, gu h-àraidh nuair nach robh an stuth cruinnichte gu feum dìreach ann an obair sgoileireachd. Tha e coltach nach robh an t-Oilthigh air an aon ràmh mun luach a bh' anns an dualchas-beòil gun adhbhar acadaimigeach.

A dh'aindeoin na leisge oifigeil sin, bha *esprit de corps* dha-rìreabh an cois na Sgoile agus còrr den dàrna chuid den luchd-obrach an sàs ann an obair-chruinneachaidh, mar phàirt den obair, no gu saor-thoileach.<sup>41</sup> Bha leithid Dhòmhnail Eairdsidh Dhòmhnallaich, Alan Bruford, an Dr Iain MacAonghuis, agus Eric Cregeen ag obair gu dìcheallach air feadh na Gàidhealtachd a rèir an cuid ùidhean fhèin. Thug Iain MacAonghuis tuairisgeul air obair na Sgoile aig an àm seo, agus mar a ghabhadh an luchd-obrach ris an obair-chruinneachaidh gu sgaoilteach saor:

...there was never any systematic plan for collection, and as a result the Archive, like Topsy, 'just grow'd'. Nor were collectors expected to undergo a period of training; rather, it was presumed that those who took up the work knew how to carry it out. Collection was an individual pursuit, and each collector had his or her own agenda and priorities. Two or three colleagues might occasionally travel together, sometimes accompanied by a technician, and then on the whole work separately. Collectors chose where to go and whom to interview according to personal knowledge and predilection.<sup>42</sup>

A dh'aindeoin 's gun do chùim Iain MacAonghuis a-mach nach robh an luchd-obrach air an trèanadh gu foirmeil anns an obair agus na modhan-obrach na cois, chomharraich e mar a bha ro-dhùil gum biodh an luchd-obrach eòlach mun obair. Bhiodh siud fìor gu leòr mu Iain, a fhuair togail ann an coimhearsnachd Ghàidhealach agus a theann ri beagan obair-chruinneachaidh roimhe. Ach bhiodh e na iongnadh mura robh ionnsachadh a' dol anns a' chùil air na dòighean a b' fheàrr gus an obair-chlàraidh a chur air adhart, gus an seachaidh a riarachadh, gu dè na ceistean a b' fheàrr rim faighneachd, agus mar sin air adhart.

Bha stiùiridhean ri làimhe aig an Sgoil dha luchd-cruinneachaidh pàirt-ùine agus sealadach anns na 1950an.<sup>43</sup> Cuideachd, bha e car stèidhichte aig luchd-obrach na Sgoile a bhith a' tòiseachadh le obair-chlàraidh am measg chàirdean agus eòlaich an neach-cruinneachaidh. B' e sin a rinn Calum Iain MacGillEathain ann an Ratharsair ann an 1945<sup>44</sup> agus an Dr Iain MacAonghuis anns an Eilean Sgitheanach ann an 1953.<sup>45</sup> Mar sin, cha bhiodh e na annas gum biodh Iain Fhionnlaigh a' tòiseachadh ann am Beàrnaraigh.

<sup>38</sup> John McQueen, 'The Work of the School of Scottish Studies', *Oral History*, 2/1 (1974): 62–3.

<sup>39</sup> MacKay, 'The First Sixty Years', 21.

<sup>40</sup> MacInnes, 'Reminiscences', 238.

<sup>41</sup> McQueen, 'The Work of the School of Scottish Studies', 62–3.

<sup>42</sup> MacInnes, 'Reminiscences', 233.

<sup>43</sup> William Lamb, 'The Storyteller, the Scribe, and a Missing Man: Hidden Influences from Printed Sources in the Gaelic Tales of Duncan and Neil MacDonald', *Oral Tradition*, 27/1 (2012): 122–3.

<sup>44</sup> Cailean MacGhilleathain, "'A' beothachadh na cuimhne aosda": Calum Iain MacGhilleathain (1915–1960): bho Alba gu Èirinn', *Béaloideas* 79 (2011): 10.

<sup>45</sup> MacInnes, 'Reminiscences', 229.

Bha comhairle na bu mhionaidiche ann cho math. Bha sgoilearan na Sgoile a' sgrìobhadh stiùiridhean air cruinneachadh beul-aithrise, car a' leantail an t-seòil a bh' aig Ó Súilleabháin, mun dearbh àm a thòisich Iain.<sup>46</sup> Dh'fhoillsich Dòmhnall Eairdsidh Dòmhnallach aiste air an robh 'Fieldwork: Collecting Oral Lore' ann am *Folklore and Folklife* le Richard Dorson ann an 1972, leabhar buadhmhor anns an raon-eòlais.<sup>47</sup> Tha na h-uibhir de na molaidhean aig Dòmhnall Eairdsidh cho faisg air a' mhodh-obrach a chleachdadh Iain Fhionnlaigh gur dòcha nach bu cho-thuiteamas e. Am measg na comhairle aig Dòmhnall Eairdsidh dhan neach-cruinneachaidh ùr, bha feuch an toiseach air do chàirdean fhèin; cleachd sgioba; faighnich airson tùs an fhiosraiche; tabhainn drama uisge-beatha; agus ath-chlàraich na h-aon sheanchasan uair agus a-rithist.

Leis an eòlas agus an dealas aca, bha Iain Fhionnlaigh agus a cho-obrach a' leudachadh lionra chruinneachaidh na Sgoil' Eòlais air feadh na dùthcha, 's iad a' falbh air saor-làithean clàraidh, mar bu trice, anns na sgìrean dham buineadh iad. Dha Iain, b' e sin Beàrnaraigh na Hearadh, far an robh e a' saothrachadh eadar 1965 (a' bhliadhna mus do thòisich e aig an Sgoil gu foirmeil) agus 1984.

Mus toir mi sùil nas dlùithe air an obair-chruinneachaidh aige ann am Beàrnaraigh, tha e cudromach comharrachadh gun robh Iain ri obair-chlàraidh na b' fhoirmeil air làraich na Sgoil' Eòlais fhèin. Gu dearbh, ged as e Iain Fhionnlaigh as aithnichte, 's dòcha, airson na h-obrach a rinn e ann am Beàrnaraigh, b' ann an Dùn Èideann a rinn e a' chuid a bu mhotha den t-saothair, a' clàradh muinntir na Sgoil' Eòlais agus an càirdean, cho math ri Beàrndraich agus Uibhistich a bha fuireach air a' Ghalltachd:

For a number of years the School had a sound-proof recording studio that had been built by Sandy Folkhard, the first technician, where visiting informants could be recorded. Ian Paterson, text transcriber and a most dedicated fieldworker during all his holidays in his native Berneray, always ensured that any potential informant who turned up in Edinburgh was taken there, and many excellent recordings were made in that fashion.<sup>48</sup>

Tha, mar eisimpleir, an obair a rinn Iain a' clàradh a' bhàird chliùitich Somhairle MacGillEathain agus an sgoileir Cheiltich an t-Urr Uilleam MacMhathain a' toirt cuimhneachain dhuinn air farsaingeachd na h-obrach aige. Agus a thuilleadh air Dùn Èideann, bha e cuideachd a' cruinneachadh ann an Glaschu, san Eilean Sgitheanach, Uibhist a Tuath agus, mu dheireadh, ann an Leòdhas. Bhiodh e mar bu trice a' clàradh Ghàidheal, ach tha cuid den obair aige sa Bheurla, sa Bheurla Ghallta, le fìor bheag ann an Gàidhlig na h-Èireann.

### **An Obair-chruinneachaidh ann am Beàrnaraigh**

Nuair a theann Iain Peatarsan ri clàradh ann an Eilean Bheàrnaraigh mu dheireadh nan 1960an, bha a' choimhearsnachd a' dol am mùthadh an coimeas ri làithean 'òige anns na 1920an.<sup>49</sup> Bha àireamh an t-sluaigh air tuiteam aon trì cairteal, bho 501 ann an 1911 gu 131 ann an 1971, agus eilthreachd agus gaiseadh eaconamach nan cogaidhean mòra air làrach mhòr fhàgail air beothalachd an àite. Mar an ceudna, bha àireamh nan sgoilearan san eilean air seacadh bho cheithir fichead 's a h-aon ann an 1920 gu deichnear ann an 1971. Bha seann daoine a' riochdachadh cuibhreann mhòr den t-sluagh, gu h-àraidh ann an Ruisigearradh far an robh aon trì fichead sa cheud de mhuinntir a' bhaile os cionn trì fichead bliadhna a dh'aois. Bha dà fhichead sa cheud de na taighean anns nach robh ach aonan, cailleach no bodach, a' còmhnaidh. Bha an dàrna leth de dh'fhireannaich os cionn fichead bliadhna a dh'aois gun am pòsadh agus gun chlann aca. B' e dealbh uile-gu-lèir mì-fhallainn a bh' ann an deamografachd coimhearsnachd an eilein aig an àm.

<sup>46</sup> Sean O'Sullivan, *A Handbook of Irish Folklore* (Baile Átha Cliath: Coimisiún Béaloideas Éireann, 1942).

<sup>47</sup> Donald A. MacDonald, 'Fieldwork: Collecting Oral Literature', ann an *Folklore and Folklife: An Introduction*, deas. Richard M. Dorson (Chicago & London: The University of Chicago Press), 407–430.

<sup>48</sup> MacInnes, 'Reminiscences', 234.

<sup>49</sup> Susanne Barding, *Beàrnaraigh na Hearadh: 'Tis Fifty Years Since – A Study of Life in a Hebridean Island Community* (Eilean Leòdhais: Islands Book Trust, 2023), 218–24.

'S dòcha nach biodh e na iongnadh mar sin gun robh leithid Iain Fhionnlaigh airson dualchas-beòil coimhearsnachd 'àraich a chur air chlàr mus rachadh e à bith. Bha cor an t-sluaigh fhathast gu math tradaiseanta, le obair na croite, a' chlàr, agus an iasgaich nam pàirtean cudromach de bhith-beò nan daoine. Bha a' Phròstanachd làidir, leis a' chuid a bu mhotha de dhaoine a' leantail na h-Eaglaise Stèidhichte, dòrlach dhaoine anns an Eaglais Shaor, agus an t-Sàbaid ga cumail gu cùramach. B' i a' Ghàidhlig ciad chainnt nan daoine, sluagh a bha, sa mhòr mhòr chuid, air an togail san eilean, neo a phòs a-steach. Feumaidh gun robh na feartan seo tarraingeach dha màthar-adhbhar na Sgoil' Eòlais.

Càit an tòisicheadh e? Mar a chnuasaicheadh gu h-àrd, bha e na stiùireadh don neach-cruinneachaidh ùr a bhith a' tòiseachadh leis an luchd-eòlais aca fhèin. Tha e coltach gum b' e na chiad chlàraidhean a rinn Iain ann an 1965 aig cruinneachadh adhradh, 's dòcha aig àm comanachaidh nuair a thigeadh na dròbhan a Bheàrnaraigh às na Hearadh agus Uibhist a Tuath – deagh chothrom farsaingeachd dhaoine a ghlacadh aig an aon àm.<sup>50</sup> Fhuair Iain Fhionnlaigh cuideachadh bho Raonaid NicLeòid (1909–1988), Raonaid Ailein Lachlainn à Rubha Mhànaidh – 'hunting in pairs', mar a bheireadh Dòmhnall Eairdsidh air.<sup>51</sup> Bhiodh dà chomanachadh anns a' bhliadhna, san Iuchar agus san t-Samhain, agus bu mhòr an tadhal agus an t-seinn Chrìosdail a bhiodh a' tachairt, a' gabhail a-steach choinneamhan-ùrnaigh. Bha na chiad chlàraidhean de dh'òrain spioradail, laoidhean, sailm, agus ùrnaighean, cuid air an gabhail còmhla mar aon agus cuid air an gabhail fa leth.<sup>52</sup> Rè a' chomanachaidh, bha cuspairean saoghalta fo chuing agus mar sin chan eil e na iongnadh gum biodh beul-aithris Chrìosdail cho nochdaidh.<sup>53</sup> A thuilleadh air an stuth thradaiseanta a bhuineadh ris na Hearadh sa bhitheantas, bha cuid de na h-òrain anns a' Bheurla, leithid 'The Old Rugged Cross',<sup>54</sup> a' sealltainn mar a bha cultaran cèine, ach neo-choimheach, ag èaladh a-steach dhan eilean aig an àm.

An ath-thuras a bha Iain Fhionnlaigh ann am Beàrnaraigh ann an Dùbhlachd 1966, rinn e grunn chlàraidhean le Tormod MacPhàic (1883–1973), Tormod Ruairidh Dhòmhnail Thormoid a thogadh ann an Cidhe Ruisigearraidh ach a chaidh a dh'fhuireach ann am Peairt. Bhiodh Tormod ris na rannan agus chlàr e grunn òran a rinn e fhèin (anns a' Ghàidhlig agus anns a' Bheurla), cuide ri òrain sgèireil, òrain Bheurla, fèin-eachdraidhean, agus naidheachdan eile.

Dh'fhàsadh an àireamh de chlàraidhean a rinn Iain bho 1967 a-mach, nuair a thòisich e ri cruinneachadh bho Fhlòraidh NicCumhais (1897–1971), Flòraidh nighean Iain Fhionnlaigh Thormoid, piuthar a mhàthar, cuide ri feadhainn eile. B' e clàradh bhall den teaghlach aige fhèin seòl a leanadh air adhart.

Ri ùine, dhèanadh e mòran obair-chlàraidh am measg a theaghlaich fhèin: Flòraidh NicCumhais,<sup>55</sup> Cairistiona NicCumhais (1884–1968),<sup>56</sup> Catriona Pheatarsan (1919–1984),<sup>57</sup> agus Mòrag NicGilleathain (1891–1975).<sup>58</sup> Bhiodh e cuideachd tric a' clàradh nàbaidhean leithid Ciorstaidh Màiri Fleming (1908–1996)<sup>59</sup> agus Aonghas MacPhàic (1905–1977).<sup>60</sup> Chan eil teagamh,

<sup>50</sup> Barding, *Beàrnaraigh na Hearadh*, 431–6; Maighread A. Challan, *Air Bilean an t-Sluaigh: Sealladh air Leantalachd Beul-Aithris Ghàidhlig Uibhist a Tuath* (Béal Feirste: Cló Ollscoil na Banríona, 2012), 57–8.

<sup>51</sup> MacDonald, 'Fieldwork', 413.

<sup>52</sup> Ian Paterson agus Rachel MacLeod (luchd-clàraidh), SA1965.175–SA1965.177, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann.

<sup>53</sup> Barding, *Beàrnaraigh na Hearadh*, 433.

<sup>54</sup> Norman MacKillop (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1965.175.A3, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, [www.tobarandualchais.co.uk/track/75340](http://www.tobarandualchais.co.uk/track/75340).

<sup>55</sup> 'Flora MacCuish', Hebridean Connections, <https://www.hebrideanconnections.com/people/106671>.

<sup>56</sup> 'Christina MacCuish', Hebridean Connections, <https://www.hebrideanconnections.com/people/77002>.

<sup>57</sup> 'Catriona Flora Paterson', Hebridean Connections, <https://www.hebrideanconnections.com/people/105740>.

<sup>58</sup> 'Marion Paterson', Hebridean Connections, <https://hebrideanconnections.com/record/people/105165>.

<sup>59</sup> 'Chirsty Mary MacLeod', Hebridean Connections, <https://www.hebrideanconnections.com/people/104744>.

<sup>60</sup> 'Angus MacKillop', Hebridean Connections, <https://hebrideanconnections.com/record/people/73910>.

ge-tà, nach b' e an obair-chlàraidh a rinn e còmhla ri Ceit Dix (1890–1981),<sup>61</sup> 's i ga meas am measg nam prìomh fhiosraichean air làraich-lìn Tobar an Dualchais air fad, a bu tharbhaiche buileach. Bheir mi sùil air an dàimh a dh'fhàs eadar an dithist sin nas fhaide air adhart.

| Prìomh Fhiosraichean ann am Beàrnaraigh | Àireamh chlàraidhean le Iain Fhionnlaigh air Tobar an Dualchais | Rèis beatha | Dlùth-Chàirdeas | Baile                     |
|-----------------------------------------|-----------------------------------------------------------------|-------------|-----------------|---------------------------|
| Ceit Dix                                | 676                                                             | 1890–1981   |                 | Aiseag                    |
| Flòraidh NicCumhais                     | 202                                                             | 1897–1971   | Piuthar màthar  | Cùl na Beinne             |
| Catrìona Pheatarsan                     | 107                                                             | 1919–1984   | Piuthar         | Rubha Mòr/<br>Dùn Èideann |
| Ciorstaidh Màiri Fleming                | 103                                                             | 1908–1996   |                 | Rubha Mòr                 |
| Aonghas MacPhàic                        | 78                                                              | 1905–1977   |                 | Cùl na Beinne             |
| Murchadh Dòmhnallach                    | 58                                                              | 1901–?      |                 | Cùl na Beinne             |
| Iain Fearghastan                        | 57                                                              | 1921–1988   |                 | Borgh                     |
| Niall Caimbeul                          | 57                                                              | 1906–1979   |                 | Ruisigearraidh            |
| Murchadh MacLeòid                       | 45                                                              | 1904–1977   |                 |                           |
| Mòrag NicGillEathain                    | 44                                                              | 1891–1975   | Piuthar athar   | Rubha Mhànais             |

A' coimhead air na prìomh fhiosraichean aig Iain, faodar grunn fheartan fhaicinn ann an cumantas. A' chiad rud, 's e aois. Tha rèisean-beatha nam fiosraichean Beàrnach a' sealltainn gun robh clàradh nan daoine a bu shine sa choimhearsnachd, agus a chomhaoisean fhèin cho math, fànear dha. Chithear gun deach mòran de na clàraidhean a dhèanamh anns na bliadhnaichean mu dheireadh dem beatha. Bha sin, 's dòcha, a' leantainn feallsanachd chruinneachaidh na Sgoile anns na 1950an agus 1960an agus iad a' feuchainn ris na ginealaichean mu dheireadh a thàinig beò ann am fìor choimhearsnachd Ghàidhlig a chlàradh. Sin, no faodaidh e a bhith gun robh aoisean na bu mhotha anns an eilean anns an fharsaingeachd aig an àm sin. Bha sluagh Eilein Bheàrnaraigh a' sìor-thuiteam anns an àm ud: eadar 1961 agus 1970, thuit an àireamh-shluaigh an treas cuid (201 gu 131).<sup>62</sup> Thairis air an fhichead bliadhna san robh e ris an obair, chlàraicheadh Iain Fhionnlaigh faisg air dà fhichead sa cheud de mhuinntir an eilein.

An dàrna rud, 's e àite. Bhiodh Iain a' tadhail air gach pàirt den eilean air na cuairtean-clàraidh aige. 'S dòcha nach eil sin na iongnadh, agus Beàrnaraigh na eilean beag. Ach tha e ceart cuideachd gun robh làrach nam Peatarsanach anns gach baile: bha Bùth Thormoid ann an Rubha an Aoil, Borgh, air a ruith le 'cho-ogha, agus Bùth Fhionnlaigh air Rubha na Geodha Duibhe, Ruisigearraidh, air a ruith le 'phiuthar. Bhiodh an dà àite nam meadhan air fiosraichean a lorg.

Ged a thòisich e an obair-chlàraidh aig coinneamhan ùrnaigh, 's dòcha gum b' e an taigh-cèilidh am prìomh shuidheachadh clàraidh aige. Tha e cumanta gu leòr grunn fhiosraichean a bhith a'

<sup>61</sup> 'Catherine MacLeod', Hebridean Connections, <https://www.hebrideanconnections.com/people/75597>.

<sup>62</sup> Barding, *Beàrnaraigh na Hearadh*, 216.

nochdadh air an aon teip, 's iad a' còmhraidh no a' gabhail òran ann an seòmar làn dhaoine, cuid dhiubh a' leum a-steach gus cur ris an t-seanchas no a thogail na sèiste. Anns na clàraidhean seo, tha e cudromach comharrachadh nach b' e Iain Fhionnlaigh an t-aon duine a bhiodh a' stiùireadh a' chòmhraidh: bhiodh daoine eile a' cur cheistean air càch a chèile a thuilleadh air fhèin. Ged a b' e Iain Fhionnlaigh a bha ris a' chlàradh, uaireannan cha b' esan a bha a' cur na h-agallamh, mar gum biodh. Mar a bu thrice, b' e a pheathraichean, Catrìona agus Beasag, a bha làimh ris.

Tha gun robh Catrìona agus, gu h-ìre, Beasag, peathraichean Iain, ga chuideachadh leis an obair-chruinneachaidh a' riochdachadh taobh cudromach ann an tuigsinn a' mhodh-obrach aige. 'S dòcha gum b' e Catrìona a b' fhaisge dha, ri linn agus gun robh i a' loidseadh agus a' cumail an taighe dha Iain ann an Dùn Èideann. Thigeadh i còmhla ris air na saor-làithean dhachaigh a Bheàrnaraigh. Bha Beasag na banaltram agus ag obair ann an taigh nam fònaichean, agus mar sin, bhiodh i eòlach air gu leòr de na bha a' dol, a' gabhail a-steach cò agus cuin a bu fhreagarraiche airson clàradh a dhèanamh. Mar chuideigin a bha a' fuireach ann am Beàrnaraigh fhathast, bha daoine ga faicinn gu làitheil.

Tha e doirbh dèanamh a-mach cò mheud seisean-clàraidh anns an robh Catrìona an sàs mar chuidiche o nach eil i ainmichte anns gach clàradh sam bheil i a' nochdadh. Nochdaidh i mar fhiosraiche no mar neach-clàraidh co-dhiù ann an seiseanan-clàraidh còmhla ri Mòrag NicGilleEathain, piuthar am màthar, Ciorstaidh Màiri Fleming, agus Ceit Dix, a thuilleadh air grunn fhìreannach. Tha an t-aon dùbhlán ro mheasadh dìleab Beasaig, ged a leanas a co-thabhartas air an aon dòigh.

A dh'aindeoin na h-obrach a rinn iad, air uaireannan cha d' fhuair iad an aithne airson an cuid saothrach air a bheil iad airidh, mar luchd-cruinneachaidh iad fhèin. Ged a tha Catrìona ainmichte mar neach-clàraidh ann an cuid de chlàraidhean air làraich-lìn Tobar an Dualchais, tha e follaiseach gu bheil cus a bharrachd ann far nach eil iad ainmichte (co-dhiù an-dràsta) air neo far an robh iad an ceann an agallamh. Bha an dleastanasan ag atharrachadh a rèir an t-suidheachaidh agus an fhiosraiche: bhiodh Catrìona agus Beasag aon chuid a' cur nan agallamhan no a' cur ris an t-seanchas no a' riarachadh an drama agus a' frithealadh nan aoighean. Chithear sin gu follaiseach ann an dà òran air an cnuasaich mi gu h-ìseal, 'Chuir Iain casan ùr air dhomh' agus 'Do dh'Iain chan eil diù agam', a tha ag ainmeachadh fialaidheachd Catrìona agus Beasaig. Leis cho cudromach 's a bha na peathraichean dha obair Iain Fhionnlaigh, chan e a-mhàin gum faigh sinn tuigse às ùr air na modhan-obrach aige ach cuideachd an t-àite a dhleasas a pheathraichean ann an dìleab Iain Fhionnlaigh. Chithear mar a bha teaghlach agus luchd-eòlais aig teis-meadhan na h-obrach-cruinneachaidh aige ann am Beàrnaraigh.

Bhiodh boireannaich eile ga chuideachadh cho math. B' e Raonaid NicLeòid (1909–1988), Raonaid Ailein Lachlainn à Rubha Mhànais, a bha cuide ris, mar eisimpleir, aig na chiad chlàraidhean a rinn e aig àm a' chomanachaidh ann an 1965.<sup>63</sup> Bha Raonaid i fhèin na bana-sheanchaidh agus na bana-sheinneadair chomasach a rinn grunn chlàraidhean dha.

Tha e doirbh a ràdh an robh e am beachd Iain a bhith a' toirt nam peathraichean agus bhoireannach eile còmhla ris mar ro-innleachd a dh'aona-ghnothaich gus eòlas nam ban a chlàradh. Tha sgoilearan an-diugh a' tuigsinn nam beàrnach eachdraidheil ann an sgoilearachd beul-aithris nan Gàidheal a thaobh eòlas nam ban ri linn phròiseasan clàraidh, a' gabhail a-steach obair na Sgoil' Eòlais.<sup>64</sup> 'S math as aithne dhuinn mar a dh'fhaodadh e a bhith na bhacadh do luchd-cruinneachaidh fireann bruidhinn ri cuid a bhoireannaich, gu h-àraid gun fhìreannach eile còmhla riutha, agus mar a bhiodh cuid a chuspairean fo chuing agus fo chasg an cnuasachadh agus an clàradh idir.<sup>65</sup> Tha deagh eisimpleir dhen seo anns an obair-chruinneachaidh a rinn Alasdair MacIlleMhìcheil, far an robh a

<sup>63</sup> 'Rachel MacLeod', Tobar an Dualchais, <https://www.tobarandualchais.co.uk/person/4732>.

<sup>64</sup> Challan, *Air Bilean an t-Sluaigh*, 179–184. Isla Parker, "'Muc Dhearg!' ors' ise: Women and Gaelic storytelling in the Outer Hebrides of Scotland c. 1850–c. 1980" (tràchdas MRes, Oilthigh Ghlaschu, 2022), 12–15.

<sup>65</sup> Challan, *Air Bilean an t-Sluaigh*, 9.

bhean-phòsta, Màiri Frangag NicBheathain, agus a cuid obrach carthannaich, na meadhan agus na h-  
iuchair dha chuid clàraidh am measg nam boireannach agus nam bochd ann an Uibhist.<sup>66</sup>

Ach an robh e san amas Iain gun robh a pheathraichean ann airson gnèithean seanchais a chlàradh a bhiodh gu h-àbhaisteach do-ruigsinneach dha? Cha chreid mi gun robh. 'S dòcha gum biodh na peathraichean ga dhèanamh na b' fhasa dha a dhol a chèilidh air cuid a thaighean, ach bha iad a cheart cho tric a' dèanamh cèilidh air bodaich – Aonghas MacPhàic (1907–1977), Rodaidh Iain MacLeòid (1906–1986), Donnchadh MacFhionghain (1930– ), Murchadh Dòmhnallach – 's a bha air boireannaich. Dh'fhaodadh e a bhith fìor fhathast, ge-tà, gun robh leithid Ceit Dix na bu chofhurtaile ann an cuideachd nam bana-Pheatarsanach, air neo gun do cheadaich làthaireachd nam peathraichean dhi gnèithean seanchais innse.

Bhiodh Iain ag amas air suidheachadh nàdarra an taigh-cèilidh airson obair-clàraidh a dhèanamh. 'S dòcha gun robh Iain a' dèanamh seo a dh'aona-ghnothaich air sàilleabh nach robh cuid a dhaoine uile-gu-lèir cofhurtail ann an suidheachaidhean agallaimh, no gun robh coltas fuadain orra. Bhiodh e fìor a ràdh, 's dòcha, gun robh a nàdar diùid a' cur leisg air cus smachd a ghabhail air ruith a' chòmhradh. Co-dhiù b' e bun a bh' ann gun tuigear nach b' ann le agallamhan foirmeil, cleas cuid a luchd-cruinneachaidh eile 's dòcha, a bu nàdarraiche dha ach còmhradh agus seanchas air an stiùireadh leis na bha an làthair. Tha e coltach gun robh e a' cleachdadh agallamhan aonain le cuid a dhaoine, leithid Iain Fhearghastain (1921–1988).<sup>67</sup> 'S dòcha, mar sin, ann an cuid a shuidheachaidhean gun robh Iain a' meas gum b' e a' chèilidh, làn aigheir is òil, a bu nàdarraiche. Faodaidh sin cur ris an tuigse a th' againn air an dòigh-obrach aige mar neach-cruinneachaidh o thaobh a-staigh na coimhearsnachd, leis gun robh e a' togail an t-seanchais agus an dualchais-bheòil mar a bu nàdarraiche e.

Mura robh cèilidh no cruinneachadh a' dol co-dhiù, mar eisimpleir pàrtaidh BEM Beasaig ann an 1970 no farpais-cheist ann an Sgoil Bheàrnaraigh ann an 1973 no coinneamh phoblach eile, bhiodh e a' cruthachadh shuidheachaidhean cèilidh tro bhith a' toirt dhaoine eile an sàs san obair. Bha an cleas seo cumanta gu leòr anns an Sgoil Eòlais, agus cèilidhean-clàraidh an Dr Alasdair MhicGillEathain ann an Uibhist a Deas a' tighinn gur n-aire.<sup>68</sup> Anns an t-seagh seo, b' fheàrr le Iain a bhith a' glacadh an t-seanchais fhad 's a nochdadh e gu dualchasach. Chan eil siud ri ràdh gun robh e daonnan a' cumail an inneil-chlàraidh a' dol fad seisein-chlàraidh, ach gum biodh e ga chur air nuair a nochdadh pìos a bha, na bheachd, airidh air clàradh. Bha e na chomhairle aig Dòmhnall Eairdsidh Dòmhnallach nach robh siud a' cur cus dragh air mòran, aon uair gun robh iad nan sruth seanchais.<sup>69</sup>

Tha an dòigh-obrach seo nas nochdaidh buileach anns na clàraidhean a rinn e den teaghlach aige fhèin, far am bu bheag an t-astar eadar fiosraiche agus neach-cruinneachaidh. Tha deagh eisimpleir air an dàimh eadar piuthar agus bràthair ann an clàradh de naidheachd èibhinn a chuala a' chlann aig an athair, Fionnlagh.<sup>70</sup> Tha Catriona Fhionnlaigh, piuthar Iain, ag innse na naidheachd air a socair, ach feumaidh gun robh Iain am beachd nach robh i ga h-innse ceart. Cleas bràthair na bu shine, bhiodh e a' gearradh a-steach oirre tron chlàradh – rud nach biodh ri moladh dhan neach-cruinneachaidh phroifeiseanta. Aig deireadh a' chlàraidh, tha Catriona le fiamh an iongnaidh oirre ag ràdh, 'cha do chuir thu siud [an t-inneal-clàraidh] air, Iain?!' 'Chuir, a h-uile facal' arsa Iain, a' sealltainn dhuinn gum biodh e uaireannan a' dèanamh peasan dheth fhèin a' falbh timcheall aig cruinneachadh leis a' chlàradair.

Bha uaireannan eile ann nuair a bha aig na fiosraichean toirt air Iain an t-inneal-clàraidh a chur dheth, co-dhiù gus am faigheadh iad an naidheachd cheart mar a bha i a' dol. Tha sin a' tachairt aig

<sup>66</sup> Dòmhnall Uilleam Stiùbhart, 'The Theology of Carmina Gadelica', an *The History of Scottish Theology, Volume III: The Long Twentieth Century*, deas. David Fergusson agus Mark Elliott, 6–7 (Oxford: Oxford University Press, 2019).

<sup>67</sup> Airson aithris mhionaideach air beatha Iain Fhearghastain, faic Barding, *Beàrnaraigh na Hearadh*, 93–145.

<sup>68</sup> Challan, *Air Bilean an t-Sluaigh*, 10.

<sup>69</sup> MacDonald, 'Fieldwork', 413.

<sup>70</sup> Catriona Paterson (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1973.122.B3, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, [www.tobarandualchais.co.uk/track/42144](http://www.tobarandualchais.co.uk/track/42144).

toiseach na naidheachd èibhinn a dh'innis C. M. Ross, tè gun aithneachadh, 'A' cur feamainn ann an uinneag airson plòigh',<sup>71</sup> far a bheil guth a pheathar a bu shine, Beasag (nach eil ainmichte sa chlàradh), ga earalachadh uair eile an t-inneal a chur dheth, ged a bha Iain airson an naidheachd a chlàradh ann an làrach nam bonn. Cha mhòr nach fhairichear frionas piutharail Beasaig 's i a' dèanamh cinnteach gum bi a bràthair modhail, agus stad an clàradh fad diog.

Tha e coltach gun glacadh Iain gach cothrom a gheibheadh e a dhol gu cruinneachadh far an robh muinntir an eilein. Mar eisimpleir, chaidh teip SA1970.83 a chlàradh aig cèilidh ann an Newton Lodge, Baile Mhic Phàil, nuair a chaidh urram BEM a bhuileachadh air a phiuthar, Beasag, ann an 1970. Bha òrain agus fealla-dhà gu leòr a' dol, agus cha b' urrainnear an cothrom cruinneachaidh a leigeil seachad. Mar a chluinnear ann an SA1970.83.B6,<sup>72</sup> sam bheil George Henderson ag innse naidheachd èibhinn mu mhinistear, tha fuaim a' chlàraidh a' fàs nas àirde agus an aithris nas soilleire fhad sa dhlùitheas Iain leis an inneal-chlàraidh an dèidh dha mothachadh gun robh seachas air tòiseachadh aig cuideigin. Tha dealbh nam inntinn de dh'Iain ag èaladh timcheall pàrtaidh a pheathar leis an inneal-clàraidh aige an tòir air beul-aithris. Faodaidh e a bhith gun robh daoine toilichte gu leòr gun robh e ris an leithid, air neo faodaidh e a bhith nach robh duine airson bràthair na tè a bha ri moladh a chronachadh!

Bhiodh daoine uaireannan a' tarraing às Iain nuair a bha e a' clàradh agus tha e follaiseach gum biodh e a' sàrachadh dhaoine gu ìre leis an obair. Anns a' chlàr SA1972.175.B7, bha Mòrag Pheatarsan (1891–1975), Mòrag a' Chàirn, piuthar athar Iain, ag innse eachdraidh a h-athar agus a seanar, agus tha Catriona, piuthar Iain, a' cur na cuid a bu mhotha de na ceistean.<sup>73</sup> Nuair a fhuair Iain cothrom a' chiad cheist aige fhaighneachd, 'agus càit a-nise an do rugadh t' athair a Mhòrag?', b' e freagairt ghrad Mòraig: 'Rugadh anns an leabaidh e, tha mi a' smaointinn'. Tha e cudromach a ràdh gun do chlàr Iain an aon eachdraidh o Mhòrag bho chd trì bliadhnaichean roimhe (clàr SA1969.81.A5–A7) agus gur dòcha gun robh i a' fàs sgìth de chuid cheistean mun aon eachdraidh. Agus leis gun robh iad càirdeach, bhiodh fios aig Iain air an fhiosrachadh co-dhiù. Ach bhiodh e ceart a ràdh gun robh e a' sealltainn cho cofhurtail agus a bha iad le chèile; chanainn nach leigeadh an nàire le Mòrag an leithid a chantainn ri srainnsear.

Cha b' e sin an aon seòrsa plòigh a bhiodh a' dol eadar Iain agus a chuid fhiosraichean. Bha tric aoireadh ga dhèanamh air a chèile ann an rannan, seòrsa bàrdachd-baile aotrom a bha cumanta ann an coimhearsnachd dhlùth. Tha deagh eisimpleir de rann a rinn Iain Fhionnlaigh mu fhiosraiche a bha a' feuchainn ri òran a chur air teip dha ann an 1967.<sup>74</sup> Tha an rann ag innse mar a bha Niall Caimbeul (1906–1979), Niall Chaluim Fhionnlaigh, ag iarraidh salann airson casg a chur air casad a bh' air tighinn air. Is thòisich Iain ga bhùirt.

[*Iain Peatarsan ag aithris:*]

Niall Chaluim gun anail  
Le casad na amhaich  
Is feumaidh e salann  
Mus gabh e dhuinn rann.  
Tha anail air a tachdadh  
Le casad ga bacadh  
Is chan eil cungaidh no acainn

<sup>71</sup> C. M. Ross (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1978.82.B7, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, [www.tobarandualchais.co.uk/track/71424](http://www.tobarandualchais.co.uk/track/71424).

<sup>72</sup> George Henderson (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1970.83.B6, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, [www.tobarandualchais.co.uk/track/65293](http://www.tobarandualchais.co.uk/track/65293).

<sup>73</sup> Mòrag MacLean (fiosraiche) & Catriona Paterson (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1972.175.B7, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, [www.tobarandualchais.co.uk/track/73477](http://www.tobarandualchais.co.uk/track/73477).

<sup>74</sup> Ian Paterson (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1969.199, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, [www.tobarandualchais.co.uk/track/103931](http://www.tobarandualchais.co.uk/track/103931).

A bheir faochadh cho math dha  
 Ri salann san àm.

Rinn Iain Fhionnlaigh grunn chlàraidhean còmhla ri Niall Chaluim Fhionnlaigh eadar 1967 agus 1971, agus e am measg prìomh fhiosraichean Iain. Tha fhios, an dèidh dha Iain an rann a dhèanamh, mura rinneadh an làrach nam bonn e, gum biodh e air aithris do Niall Chaluim an ath thuras a thigeadh e air chèilidh. Fearas-cuideachd a bhiodh ann a dhaingnicheadh dàimhean sa choimhearsnachd.

Gheibheadh Iain a cheart cho math 's a bheireadh e, agus bu thoil leam sùil a-nis a thoirt air a' chàirdeas choibhneil dhlùth a dh'fhàs eadar Iain Fhionnlaigh agus Ceit an Tàilleir, am fiosraiche a bu tharbhaidhe air fad aige. Chlàr Ceit Dix (1890–1981), Ceit an Tàilleir a bha a' fuireach ann an Aiseag bho 1962,<sup>75</sup> còrr air 600 clàradh dha Iain on ghreis-ùine eadar 1967 agus 1978.<sup>76</sup> Bha iomadh gnè agus seòrsa beul-aithris aice: naidheachdan, stòiridhean, eachdraidhean, dàin, bàrdachd-baile, rannan-chloinne, tòimhseachan, seanfhaclan, a bharrachd air grunnan eile. Bha i anabarrach math air bàrdachd a dhèanamh cuideachd, mar a bu thrice san t-seasamh-bhonn. B' ann mu a coimhearsnaich agus a coimhearsnachd a bha cuspairean a cuid bàrdachd. Leis a' chàirdeas a leasaich thar aon deich bliadhna, cha bu chòir dha bhith na iongnadh gum biodh Iain Fhionnlaigh na chulaidh-brosnachaidh bàrdail dhi, co-dhiù gum biodh sin gu moladh no aoireadh. Tha na pìosan bàrdachd seo, a dhèanadh fiosraiche dha neach-clàraidh, inntinneach dha-rìreabh gus tuairisgeul a thoirt dhuinn air an t-suidheachadh-chlàraidh a b' fheàrr le Iain.

Ann an 1969, thàinig Ceit air chèilidh do thaigh nam Peatarsanach airson a clàradh. Feumaidh gun do chlisg i beagan nuair a chunnacas Iain leis an inneal-chlàraidh aige air an robh a-nis casan fiodha, a chaidh a chur ris anns an ùine bho rinn iad an clàradh mu dheireadh. Tha e coltach gun d' rinn i an aoir seo, 'Chuir Iain casan ùr air dhomh', anns an t-seasamh-bhonn,<sup>77</sup> 's e a' leantail cruth agus fonn an òrain 'Clach agus Màiri' le Màiri Mhòr nan Òran. Chlàradh a-rithist e ann an 1974.<sup>78</sup>

[*Ceit Dix ag aithris:*]

*Chuir Iain casan ùr air dhomh  
 Dhan ghiuthas làidir dhùbailte  
 Chuir Iain casan ùr air dhomh.*

Thog e am bogsa air mo bheulaibh  
 Feuchainn an lìonainn e le breugan  
 Cha robh sin cho doirbh a dhèanamh  
 Bha Catrìona dlùth orm.  
*Chuir Iain casan ùr air dhomh.*

Dh'èirich Beasag 's i cho dòigheil  
 'S chuir i biadh is deoch an òrdan  
 'S nuair a dh'òl mi fhìn mo leòr dheth  
 Cha robh an còrr a lùths annam.  
*Chuir Iain casan ùr air dhomh.*

Ach ma chluinneas iad 'n Dùn Èideann  
 Mar a bhios Wally<sup>79</sup> falbh air chèilidh

<sup>75</sup> 'Catherine MacLeod', Hebridean Connections, <https://hebrideanconnections.com/record/people/75597/>.

<sup>76</sup> Gheibhear an tuilleadh fiosrachaidh mu Cheit Dix air làrach-lìn Tobar an Dualchais ([www.tobarandualchais.co.uk/person/363](http://www.tobarandualchais.co.uk/person/363)) air neo anns an leabhar le Dix, *Ceit an Tàilleir*.

<sup>77</sup> Catherine Dix (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1969.87.A7, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, [www.tobarandualchais.co.uk/track/50579](http://www.tobarandualchais.co.uk/track/50579).

<sup>78</sup> Catherine Dix (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1974.182.A12, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, [www.tobarandualchais.co.uk/track/58921](http://www.tobarandualchais.co.uk/track/58921).

<sup>79</sup> B' e 'Wally' far-ainm Ceit Dix: mar eisimpleir, b' e 'Taigh Wally' ainm an taighe aice ann an Aiseag.

'G òl an fhìon air a co-chreutair  
 Bidh iad fhèin a' diùmbadh rium.  
*Chuir Iain casan ùr air dhomh.*

Cha ruig mi leas an còrr a ràdha  
 On tha fhios agam mar-thà air  
 Gum bi mac-na-braiche làmh rium  
 A h-uile ceàrn a shiùbhlas mi.  
*Chuir Iain casan ùr air dhomh*  
*Dhan ghiuthas làidir dhùbailte*  
*Chuir Iain casan ùr air dhomh.*

Am measg eile tha an t-òran a' sealltainn mar a bha deoch-làidir – fìon agus uisge-beatha – na pàirt mhòr de shuidheachadh na cèilidh aoigheil, agus 's dòcha na h-obrach-clàraidh, agus gun leanadh e gu nàdarra gum biodh i a' togail ceann ann an obair-chlàraidh a bha gu mòr stèidhichte anns an taigh-cèilidh. 'S dòcha gun robh beachd aig Ceit an Tàilleir gum bu dòcha nach biodh muinntir na Sgoil' Eòlais ro thoilichte nan robh fios aca gun robh iad air an dalladh, ma b' fhiar, fhad 's a bha i a' lìonadh an inneil-chlàraidh le breugan.

Tha an t-òran a' toirt sealladh dhuinn air an spòrs agus an cridhealas a bhiodh eadar Iain, Ceit, Beasag agus Catriona. Tha sèist an òrain a-mach air na casan a sheasadh fon mhaicreafòin, nach robh aige a' bhliadhna roimhe, agus sùil, 's dòcha, air leasachadh teicneòlas na h-obrach-clàraidh.

Cha b' e siud an t-aon òran no rann a rinn i dha Iain no na Peatarsanaich. Nochd an t-òran 'Do dh'Iain chan eil diù agam' ann an *Tocher* 20, le nòta a ràdh gum b' e 'a humorous reaction to the experience of being recorded by Ian Paterson and his sister Catriona, improvised almost on the spot.'<sup>80</sup> Chithear a-rithist liut Ceit air bàrdachd a dhèanamh ann an làrach nam bonn. Bha an tionndadh den bhàrdachd a chaidh fhoillseachadh ann an *Tocher* stèidhichte air clàradh a rinn Iain còmhla ri Ceit ann an 1974,<sup>81</sup> ged a bha i air an òran a dhèanamh corra bhliadhna roimhe sin.<sup>82</sup>

[*Ceit Dix a' seinn:*]

*Do dh'Iain chan eil diù agam*  
*On rinn e fhèin cùis-bhùirte dhìom*  
*Do dh'Iain chan eil diù agam.*

Thug e orm bhith seinn nan òran  
 Is an guth agam mar ròcais  
 Nuair a bhiodh iad cruinne còmhla  
 'G ithe ròn aig Sùlaisgeir.  
*Do dh'Iain chan eil diù agam*  
*On rinn e fhèin cùis-bhùirte dhìom*  
*Do dh'Iain chan eil diù agam.*

Bheir mi mathanas a Chatriona  
 Ged a tha i math air iarraidh  
 Tha i fialaidh leis an fhìon  
 A bh' aice shìos sa chùlaiste.  
*Do dh'Iain chan eil diù agam.*

<sup>80</sup> Mrs Dix, 'Do dh'Iain chan eil diù agam', *Tocher* 20 (1975): 134–5.

<sup>81</sup> Catherine Dix (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1974.182.A10, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, [www.tobarandualchais.co.uk/track/58921](http://www.tobarandualchais.co.uk/track/58921).

<sup>82</sup> Catherine Dix (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1971.277.A27, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, [www.tobarandualchais.co.uk/track/49228](http://www.tobarandualchais.co.uk/track/49228).

Cluinnidh iad anns an taigh-leughaidh  
Is cuiridh e iad far a chèile  
Is bidh a h-uile duine ag èigheachd  
Nach e a' bhèist gun ùmhlachd i.

*Do dh'Iain chan eil diù agam.*

Cluinnidh iad am measg mo chàirdean  
Mus cuir iad a-mach à Beàrn'raigh  
Chan eil an còrr agam dheth an-dràsta!

*Do dh'Iain chan eil diù agam.*

Bu chòir cuideachd iomradh a dhèanamh air a' chiad rann anns an òran seo, far a bheil Ceit a' cumail a-mach gu bheil Iain a' toirt oirre a bhith a' seinn nan òran aice seach a bhith gan aithris. Den dà òran gu h-àrd, 'Chuir Iain casan ùr air dhomh' agus 'Do dh'Iain chan eil diù agam', b' e aithris a rinn Ceit an toiseach, ann an 1969 agus 1971. Nuair a chaidh an dà òran a chlàradh còmhla a-rithist ann an 1974, b' e an seinn a rinn i.<sup>83</sup>

Bha Ceit deimhinnte nach robh deagh ghuth seinn idir aice, mar a mhìnich i grunn turais, mar eisimpleir ann an 1972 agus i ga samhachadh fhèin mar phìob Ùisdein, a' toirt tarraing air rann às 'Aoir Ùisdein Phìobair' le Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir, a fhuair Ceit aig a h-athair.<sup>84</sup>

[*Ceit Dix a' bruidhinn:*]

Tha thu Iain ag iarraidh orm-sa òran a ghabhail agus tha mi seachd sgèth ag innse dhut nach urrainn dhomh òran a ghabhail ann 's ann tha mi coltach ri...

*...muc a' rùchdan, geòidh is thunnagan a' ràcan  
siud 'ad mar a bha pìob Ùisdean òg, gu brònach muladach a' rànail,  
a ribheid air a mùchadh, 's an dos mòr chan fhaod e bhith làidir  
's e call daonnan air a chùlaibh na gaoth bu còir bhith dol sa mhàla.*

Tha an coluadar seo na dhearbhadh dhuinn mar a bha e ann an nàdar Iain daoine a bhrosnachadh, agus fiù 's a bhith ag obair air na h-eòlaich, gus an rachadh seachas no òran a libhrigeadh a rèir mar a bha e a' saòilsinn. Am beachd Iain, bu chòir òran a bhith air a sheinn. Cha robh leis air a bhith a' feuchainn air fiosraiche, fiù 's thar bhliadhnaichean, ach am faigheadh na bha bhuaith air chlàr. Thachradh sin fo chomhair co-theacs càirdeas coibhneil na coimhearsnachd eileanaich, far nach robh e idir na annas gum biodh daoine a' tarraing gu h-aotrom à càch a chèile, agus far an robh a leithid cèadaichte.<sup>85</sup>

A thuilleadh air na h-aoirean, bha rannan molaidh ann cuideachd. Anns an rann 'S e Peatarsan a tha annad' chuir Ceit an cèill gu pongail bannan a' chàirdeis a bhlàthaich eatarra an dèidh aon deich bliadhna de dh'obair-chlàraidh.<sup>86</sup>

[*Ceit Dix ag aithris:*]

'S e Peatarsanach a th' annad  
'S mòr mo mhiann bhith gur n-amharc  
Do dhà shùil dhonn mheallach

<sup>83</sup> Catherine Dix (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1974.182, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, [www.tobarandualchais.co.uk/track/58921](http://www.tobarandualchais.co.uk/track/58921).

<sup>84</sup> Catherine Dix (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1972.180, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, [www.tobarandualchais.co.uk/track/74203](http://www.tobarandualchais.co.uk/track/74203).

<sup>85</sup> Airson barrachd cnuasachaidh air an aoir ann an coimhearsnachd Bheàrnaraigh mu 1970, faic Barding, *Beàrnaraigh na Hearadh*, 467–70.

<sup>86</sup> Catherine Dix (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1978.85.B3, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, [www.tobarandualchais.co.uk/track/70511](http://www.tobarandualchais.co.uk/track/70511); Catherine Dix (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1978.86.A2, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, [www.tobarandualchais.co.uk/track/71971](http://www.tobarandualchais.co.uk/track/71971).

Fo mhala [ʔgun sgòth]  
 G' 'eil blàth-fhuil nan Gàidheal ruith annainn le chèile  
 Cha thrèigeamaid fhéin e son seudan den òr.  
 B' e mo ghuidhe 's mo dhùrachd  
 Fhad 's a bhios sibh san dùthaich  
 Gum faigheadh sibh coibhneas bhiodh mùirneach gu leòr.  
 Gum biodh gach aon dhe ur càirdean  
 A' breith cridheil air làimh oirbh  
 'S a' ràdh 'nì mi dhàsan mo spòrs'.<sup>87</sup>

Dhèanadh Ceit an Tàilleir rannan molaidh air daoine eile a bhiodh an làthair aig na seiseanan-clàraidh, leithid Catrìona Pheatarsan (1919–1984), piuthar Iain. Rinn i am beannachadh 'Mìle taing dhut a Chatrìona' air a' Bhliadhn' Ùr ann an 1978.<sup>88</sup>

[*Ceit Dix ag aithris:*]

Mìle taing dhut a Chatrìona,  
 'S tu bha fialaidh leis a' hama.  
 Ged tha mo shùil a' call a lèirsinn  
 'S math as [t-fhèarr?] dhomh làn na glainne.  
 Òlaidh sinne ar deoch-slàinte  
 Ma tha e an dàn dhuinn a bhith maireann  
 Gus an cruinnich sinn fhathast còmhla  
 Ag innse stòiridhean do dh'Iain.<sup>89</sup>

Ann an dùnadh an rainn, cluinnear gu follaiseach mar a bha e na chleachdadh gum biodh Catrìona làimh ri Iain agus Ceit nuair a bha na seiseanan a' tachairt. Tha an clàradh fhèin (SA1978.84.A6) a' sealltainn cuideachd mar a bha Iain brosnachail foighidneach le Ceit agus i ri mearachdan, a' cantainn rithe tòiseachadh a-rithist gus an rann fhaighinn ceart air a' chlàradh.

### Co-dhùnadh

Tha iomadh taobh den obair-chlàraidh agus den dìleab aig Iain Fhionnlaigh, agus ghabhadh a sgrùdadh le iomadach prosbaig. Tha sin gu h-ìre ri linn cho tarbhach agus a bha e mar neach-cruinneachaidh. Tha taobhan a bharrachd ann den duine, mar eisimpleir, mar bhàrd agus mar fhear-litreachais. San aiste seo thug mi sùil aithghearr air a shinnsearachd, an co-theacsa institiudeach san robh e ag obair, agus an modh-cruinneachaidh ann am Beàrnaraigh, a' coimhead air mar a rinn e feum den eòlas agus den chàirdeas aige ann an coimhearsnachd a dhùthchais. Bha eachdraidh nam Peatarsanach a' dearbhadh gun robh iad inbheach saidhbhir mar theaghlach, suidhichte aig stairsnich an eilein. Bha eòlas mar Ghàidheal Bheàrnach agus ùghdarras mar mhaighstir-sgoile aig Iain a' toirt dha na sgilean sònraichte airson leithid a dh'obair a thoirt a-mach gu soirbheachail.

Gu dearbh, dh'fhaodar a ràdh gun robh Iain na sheanchaidh a cheart cho comasach ris an fheadhainn a bhiodh e a' clàradh, cleas iomadh neach-cruinneachaidh dhe leithid. Bha sin a' fàgail gum biodh a cho-luchd-dùthcha ga mheas mar an seise, nàbaidh no seann eòlach, às a' choimhearsnachd aca fhèin, a chompàirticheadh leotha anns an dualchas aca fhèin. Bha seo a' ciallachadh gun robh rathad a-staigh aige air dualchas-beòil eilean 'àraich, agus na daoine a bhiodh ga aithris, a bha sònraichte.

Mar sin dheth, cha robh astar cho mòr idir eadar e fhèin agus na fiosraichean a chlàradh e, gu seachd sònraichte leis na clàraidhean a rinn e am measg chàirdean. Bha seo cudromach ann a bhith ga

<sup>87</sup> Mo thaing do Chailean Gòrdan, Tobar an Dualchais, airson cuideachadh leis an tar-sgrìobhadh seo.

<sup>88</sup> Catherine Dix (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1978.84.A6, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, [www.tobarandualchais.co.uk/track/71668](http://www.tobarandualchais.co.uk/track/71668).

<sup>89</sup> Dix, *Ceit an Tàilleir*, 45.

stèidheachadh mar rannsaiche o thaobh a-staigh an dualchais agus na coimhearsnachd. Tha luach nach beag anns a' mhodh-obrach seo, air an do ghabh Challan 'rannsachadh fèin-dhualchais', ann a bhith a' greimeachadh air fìor nàdar an dualchais.<sup>90</sup> Mar a sgrìobh Carl Lindahl agus e a' meòrachadh obair na Sgoil' Eòlais:

The structures and styles we seek are not those of formal performances. Much of the greatest verbal folk artistry is intended not as proscenium art, but rather as '*kitchen table stories*' (Lindahl 2012): intimate, conversational, and above all shared with others who have been brought up exposed to those same styles.<sup>91</sup>

San aiste seo, bhathar a' cnuasachadh mar a bha Iain Fhionnlaigh a' cur gu feum a chuid chàirdean fhèin, an dà chuid mar thobraichean fiosrachaidh agus mar sgioba-raoin, airson a' cheart dhualchas – dualchas 'bòrd a' chidsin' – a chruinneachadh. Tha na fhuair e de bhàrdachd-baile agus aoireadh nàbaidheil, am measg eile, a' dearbhadh cho sònraichte agus a tha an clàr cruinneachaidh aige. Ri linn cho nàdarra agus a bha an dualchas-beòil ud, gheibhear beachd air mar a bha an dualchas-beòil ga thoirt seachad ann an coimhearsnachdan Gàidhlig am measg teaghlachan agus nàbannan, ann an riochd rannan beaga agus naidheachdan aotrom, cho math ri litreachas-beòil mòr.

A' breithneachadh air dileab Sgoil Eòlas na h-Alba, sgrìobh an Dr Iain MacAonghuis:

In popular esteem, the reputation of the School of Scottish Studies is based not on the books and articles which some of its members have published, but on the existence of its unique Sound Archive.<sup>92</sup>

Gu dearbh, 's e aon de dh'ioranasan àraid na Sgoil' Eòlais nach robh an tasglann am beachd an Oilthigh bho thùs, 's iad a' dèanamh soilleir nach robh an seòrsa obair-chruinneachaidh ris an robh Iain Fhionnlaigh gu feum nan sùilean-san.<sup>93</sup> Ge b' oil leis na h-urracha mòra, chaidh stòras gun phrìs a thrusadh le luchd-obrach na Sgoil' Eòlais, agus Iain Peatarsan am measg an luchd-cruinneachaidh a bu tharbhach a chuir ri Tasglann Sgoil Eòlais na h-Alba. Tha e na adhbhar-iongnaidh gun robh a shaothair gu saor-thoileach agus a thabhartas air a thoirt seachad gu deònach dùrachdach.

Tha obair Iain Fhionnlaigh a' toirt sealladh dhuinn a tha gach cuid prìseil, dlùth agus mionaideach air dualchas-beòil Eilein Bheàrnaraigh anns na bliadhnaichean eadar 1970 agus 1980. Chuir an obair sin gu mòr ris an adhbhar gu bheil an sgìre air aon den fheadhainn as fheàrr air a riochdachadh ann an Tasglann na Sgoil' Eòlais agus air làraich-lìn Tobar an Dualchais bhon àm ud.

Tha cho beairteach 's a tha na chruinnich e mar thoradh air cho eòlach agus a bha Iain Fhionnlaigh ann am Beàrnaraigh. Chan e a-mhàin gun d' fhuair e togail ann an coimhearsnachd làidir dhùthchasach ach gun robh an teaghlach aige aig teis-meadhan beatha na coimhearsnachd, a' leigeil le Iain na lìonraidhean aige fhèin agus aig a theaghlach – càirdean, nàbaidhean, buill coithional na h-eaglaise agus coimhearsnachd an eilein – a chur gu feum mar chlach-oisne na saothrach clàraidh aige. Bha siud na bhunait don mhodh-obrach aige.

Ged a bu tharbhach e, chan eil cliù mòr aige am measg prìomh luchd-cruinneachaidh na Sgoile. Carson? 'S dòcha gun canadh cuid gu bheil cion a chliù ri linn nach b' e sgoilear stèidhichte a bh' ann, ged a bha e air fhasadh na òraidiche aig Sgoil Eòlas na h-Alba fad grunn bhliadhnaichean mu dheireadh a chosnadh. 'S dòcha gum biodh e ceart a ràdh nach do dh'fhoillsich e mòran sgoilearachd, a bharrachd air tar-sgrìobhainnean ann an *Tocher* agus saothair a làimhe fhèin ann an *Gairm*. Bidh daoine mar an ceudna a' caoidh nach do dh'fhoillsich leithid Dhòmhnail Eairdsidh Dhòmhnallaich na h-uimhir a sgoilearachd. Ach b' e sin adhbhar na Sgoil' Eòlais anns an àm ud, a rèir an luchd-obrach co-dhiù: clàraich an-dràsta,

<sup>90</sup> Challan, *Air Bilean an t-Sluaigh*, 8.

<sup>91</sup> Carl Lindahl, 'The School of Scottish Studies, an Island Community', ann an *The Carrying Stream Flows On: Celebrating the Diamond Jubilee of the School of Scottish Studies*, deas. Bob Chambers (Ciarsiadar, Eilean Leòdhais: Islands Book Trust, 2013), 238.

<sup>92</sup> MacInnes, 'Reminiscences', 229.

<sup>93</sup> MacInnes, 'Reminiscences', 232–3.

sgrùdaich uair eile. Co-dhiù, dh'aontaicheadh Iain Fhionnlaigh ris na chuir Dòmhnall Eairdsidh an cèill: gun robh deagh chlàradh cus na bu phrìseile na aiste air a sgrìobhadh.<sup>94</sup> Nach e a rinn sin.

## TÙSAN

### 1. Clàran Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann

- Dix, Catherine (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1968.183.A9, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/44772>.
- Dix, Catherine (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1969.87.A7, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/50579>.
- Dix, Catherine (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1974.182.A12, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/58921>.
- Dix, Catherine (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1974.182.A10, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/58921>.
- Dix, Catherine (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1971.277.A27, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/49228>.
- Dix, Catherine (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1974.182, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/58921>.
- Dix, Catherine (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1972.180, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/74203>.
- Dix, Catherine (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1978.85.B3, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/70511>.
- Dix, Catherine (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1978.86.A2, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/71971>.
- Dix, Catherine (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1978.84.A6, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/71668>.
- Henderson, George (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1970.83.B6, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/65293>.
- MacCuish, Flora (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1969.135.B7, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/53085>.
- MacKillop, Angus (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1970.294.B10, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/60236>.
- MacKillop, Norman (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1965.175.A3, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/75340>.
- MacKinnon, Duncan (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1968.182, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/130055>.
- MacLean, Mòrag (fiosraiche) & Catriona Paterson (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1972.175.B7, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/73477>.
- MacLean, Morag, Bessie Paterson, Catriona Paterson (fiosraichean), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1973.123.A15+B1, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/46678>.
- MacLean, Morag, Bessie Paterson, Catriona Paterson (fiosraichean), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1973.123.B10, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/44906>.
- MacLeod, Angus (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1968.181.A14, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/130024>.
- MacLeod, Angus (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1970.292.B8, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/35029>.

<sup>94</sup> Bo Almqvist, 'Donald Archie MacDonald (1929–1999)', *Béaloideas* 67 (1999), 67.

- MacLeod, Angus (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1970.292.B9, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/35059>.
- MacLeod, Duncan (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1971.274.B7, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/48795>.
- MacLeod, Margaret (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1968.188.A2, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/48143>.
- Paterson, Catrìona (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1973.122.B3, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/42144>.
- Paterson, Christina (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1968.178.A7-A9, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/50054>.
- Paterson, Christina (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1968.178.B8, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/50062>.
- Paterson, Iain (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1969.198, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/103926>.
- Paterson, Iain (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1969.198, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/103927>.
- Paterson, Iain (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1969.199, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/103931>.
- Paterson, Iain, agus Rachel MacLeod (luchd-clàraidh), SA1965.175–SA1965.177, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann.
- Ross, C. M. (fiosraiche), Ian Paterson (neach-clàraidh), SA1978.82.B7, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/71424>.

## 2. Clàr Leabhraichean

- Almqvist, Bo. 'Donald Archie MacDonald (1929–1999)', *Béaloideas* 67 (1999), 186–9.
- Barding, Susanne. *Beàrnaraigh na Hearadh: 'Tis Fifty Years Since – A Study of Life in a Hebridean Island Community*. Eilean Leòdhais: Islands Book Trust, 2023.
- Black, Ronald, deas. *An Tuil*. Dùn Èideann: Polygon, 2002.
- Caimbeul, Aonghas. *A' Suathadh ri Iomadh Rubha: Eachraidh a bheatha*. Glaschu: Gairm, 1973.
- Challan, Maighread A. *Air Bilean an t-Sluaigh: Sealladh air Leantalachd Beul-Aithris Ghàidhlig Uibhist a Tuath*. Béal Feirste: Cló Ollscoil na Banríona, 2012.
- Comunn Eachdraidh Bheàrnaraigh. *Beàrnaraigh tro na Linntean*. Beàrnaraigh: Comunn Eachdraidh Bheàrnaraigh, 2015.
- Dix, 'Do Dh'Iain Chan Eil Diù Agam', *Tocher* 20 (1975), 134–5.
- Dix, Alison (deas.). *Ceit an Tàilleir à Beàrnaraigh: Eachdraidh Beatha agus Taghadh de Stòiridhean is Rannan*. Inbhir Nis: CLÀR, 2019.
- Lamb, William. 'The Storyteller, the Scribe, and a Missing Man: Hidden Influences from Printed Sources in the Gaelic Tales of Duncan and Neil MacDonald'. *Oral Tradition*, 27/1 (2012), 109–60.
- Lawson, Bill. *Croft History: Isle of Berneray, Volume 2*. Northton, Harris: Bill Lawson Publications, 2005.
- Lindahl, Carl. 'The School of Scottish Studies, an Island Community', ann an *The Carrying Stream Flows On: Celebrating the Diamond Jubilee of the School of Scottish Studies*. Air a dheasachadh le Bob Chambers, 226–246. Ciarsiadar, Eilean Leòdhais: The Islands Book Trust, 2013.
- MacAilpein, Dr Tòmas agus Roibeard Ó Maolalaigh, deas. *Gairm: Ùghdar is Dealbh, Rosg is Rann 1952–2002*. Glaschu: DASG, 2021.
- MacDonald, Donald A. 'Fieldwork: Collecting Oral Literature', ann an *Folklore and Folklife: An Introduction*. Air a dheasachadh le Richard M. Dorson, 407–430. Chicago & London: The University of Chicago Press, 1972.
- MacFhionghain, Eachann. *Òrain Eachainn MhicFhionghain – Bàrd Bheàrnaraigh*. Steòrnabhagh: Acair, 2013.

- MacGhilleathain, Cailean. “‘A’ beothachadh na cuimhne aosda”: Calum Iain MacGhilleathain (1915–1960): bho Alba gu Èirinn’. *Béaloideas* 79 (2011): 1–21.
- MacInnes, John. ‘Reminiscences of the School of Scottish Studies of the University of Edinburgh’, ann an *‘A Guid Hairst’: Collecting and Archiving Scottish Tradition*. Air a dheasachadh le Katherine Campbell, William Lamb, Neill Martin agus Gary West, 229–238. Maastricht: Shaker Verlag, 2013.
- MacKay, Margaret. ‘The First Sixty Years of the School of Scottish Studies: An Overview’, ann an *The Carrying Stream Flows On: Celebrating the Diamond Jubilee of the School of Scottish Studies*. Air a dheasachadh le Bob Chambers, 1–33. Cìarsiadar, Eilean Leòdhais: The Islands Book Trust, 2013.
- MacKillop, Donald. ‘The place names of Berneray: A manuscript by Mr John Ferguson, Berneray’. *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* liii (1985): 115–64.
- MacLeod, Mòrag. ‘Tocher at 50: Morag MacLeod and Tocher’. The School of Scottish Studies Archives and Library (blog). <https://libraryblogs.is.ed.ac.uk/sssa/tocher-50-morag/>.
- MacThòmais, Ruairidh. ‘Co-Chruinneachadh Luchd Bial-Aithris an Steornabhagh’. *Gairm* 6 (Geamhradh 1953): 156–61.
- McQueen, John. ‘The Work of the School of Scottish Studies’. *Oral History* 2/1 (1974): 62–4.
- Morrison, Alick. ‘The Grianam case, 1734–1781, the kelp industry, and the Clearances in Harris, 1811–1854’. *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* lii (1980–82): 20–89.
- Morrison, Alick, deas. *Òrain Chaluim: Being the Poems of Malcolm Macaskill, Bard of Berneray, Harris*. Glasgow: Alexander MacLaren and Sons, 1960.
- O’Sullivan, Sean. *A Handbook of Irish Folklore*. Baile Átha Cliath: Coimisiún Béaloideas Éireann, 1942.
- Parker, Isla. “‘Muc Dhearg!’ ors’ ise: Women and Gaelic storytelling in the Outer Hebrides of Scotland c. 1850 –c. 1980”. *Tràchdas Mrs, Oilthigh Ghlaschu*, 2022.
- Peatarsan, Iain. ‘Inneal a’ Mhì-Sheilbh’. *Gairm* 19 (Earrach 1957), 213–17.
- Peaterson, Iain. ‘Peatersonaich Bhearnaraidh’. *An Gàidheal* lii (1957), 98.
- Stiùbhart, Dòmhnall Uilleam. ‘The Theology of *Carmina Gadelica*’, ann an *The History of Scottish Theology, Volume III: The Long Twentieth Century*. Air a dheasachadh le David Fergusson agus Mark Elliott, 1–19. Oxford: Oxford University Press, 2019.

### 3. Tùsan digiteach

Hebridean Connections ([www.hebrideanconnections.com](http://www.hebrideanconnections.com))

‘Christina MacCuish’, <https://www.hebrideanconnections.com/people/77002>.

‘Flora MacCuish’, <https://www.hebrideanconnections.com/people/106671>.

‘Angus MacKillop’, <https://hebrideanconnections.com/record/people/73910/>.

‘Catherine MacLeod’, <https://www.hebrideanconnections.com/people/75597>.

‘Chirsty Mary MacLeod’, <https://www.hebrideanconnections.com/people/104744>.

‘Catherine Paterson’, <https://hebrideanconnections.com/record/people/74198/>.

‘Catriona Flora Paterson’, <https://www.hebrideanconnections.com/people/105740>.

‘Finlay Paterson’, <https://hebrideanconnections.com/record/people/76997/>.

‘Ian Paterson’, <https://hebrideanconnections.com/record/people/105734/>.

‘Marion Paterson’, <https://hebrideanconnections.com/record/people/105165/>.

Tobar an Dualchais ([www.tobarandualchais.co.uk](http://www.tobarandualchais.co.uk))

‘Rachel MacLeod’, <https://www.tobarandualchais.co.uk/person/4732>.

‘Beasag Paterson’, <https://www.tobarandualchais.co.uk/person/5790>.